



SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

Aithisg Bhliadhnailean agus Cunntasan


2018 gu 2019



LAND RIGHTS AND RESPONSIBILITIES
PROTOCOL SERIES

SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

Community Engagement in Decisions Relating to Land



Aithisg Bhliadhnailean 2018-2019

Air a cur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba, a rèir Earrann 20, Pàipear-taice 2, paragraf C de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016.

**Don Fhìor Urramach Nicola Sturgeon,
Prìomh Mhainistear na Banrigh**

A Phrìomh Mhainistear chòir

Tha sinn ga mheas mar urram a bhith a' cur fa ur comhair an dàrna Aithisg Bhliadhnailean airson Coimisean Fearainn na h-Alba, a' buntainn ris a' bhliadhna 2018-2019.

Le meas

Andrew Thin, Cathraiche



Hamish Trench, Ceannard



Clàr-innse

AITHISG COILEANOIDH

02

Lèirmheas de dh'obair Coimisean Fearainn na h-Alba ann an 2018-19, a' gabhail a-steach anailis den lìbhrigeadh is den choileanadh againn, agus an suidheachadh againn aig deireadh na bliadhna.

Foir-shealladh	02
Ro-ràdh	02
Cò sinne?	03
Dè tha sinn a' dèanamh?	04
Ciamar a tha sinn ga dhèanamh?	06
Anailis coileanaidh	08
Coileanadh ionmhasail	08
Na choilean sinn	09
Coimiseanair Tuathanachas Màil	12
A' Bhuidheann againn	14

AITHISG CUNNTACHALACHD

17

Anns an aithisg seo, tha na prìomh aithrisean agus aithisgean a tha ga dhèanamh comasach gum faod Coimisean Fearainn na h-Alba riatanasan cunntachalachd a choileanadh agus gèilleadh ri deagh riaghladh corporra a dhearbhadh.

Aithisg air Riaghladh Corporra	18
Aithisg nan Stiùirichean	18
Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail	20
Aithris air Riaghladh	21
Aithisg air ìocadh is Luchd-obrach	28
Aithisg air Cunntachalachd Phàrlamaideach	35
Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich	36
Aithrisean Ionmhasail	39
Stiùireadh air Cunntasan	51

AITHISG COILEANAIÐH

Ro-ràdh

Bhon Cheannard agus bhon Chathraiche aig Coimisean Fearainn na h-Alba

Tha fearainn aig cridhe fèin-aithne, eaconamaidh agus coimhearsnachdan na h-Alba. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' dèanamh barrachd de dh'fhearainn an nàisein tro dhòighean-smaoineachaidh ùra gus cumadh a thoirt do phrògram airson ath-leasachadh fearainn air feadh sgìrean bailteil is dùthchail na h-Alba.

Anns an dàrna bliadhna seo de dh'obrachadh, tha sinn air a bhith a' leantainn oirnn gus buidheann a thogail a bhios ùr-ghnàthach, a bhios a' gluasad gu luath agus aig am bi cumhachd gus beachdan is atharrachadh a bhrodachadh. Chuir sinn cuideim làdir air fosgarrachd agus cunnatagalachd, a' cumail choinneamhan poblach gu cunbalach ann an coimhersnachdan air feadh Alba, agus a' dèanamh conaltradh gu farsaing.

Thairis air 2018-19, tha sinn air libhrigeadh an aghaidh nan ceithir prìomhachasan ro-innleachdach againn:

Fearann airson taigheadas agus leasachadh –

Gus taic a thoirt do mhiannan-adhartais na h-Alba airson fàs in-ghabhalach, gu h-àraig a thaobh libhrigeadh taigheadas, ath-nuadhachadh meadhanan bhailtean agus fàs ann an àireimh-shluagh, tha sinn air:

- Buidheann-ghniomha air Fearann Bàn is Fàsaichte a stèidheachadh
- Dreachd inneal airson Òrdugh Reic Èigneachail fhoillseachadh
- Lèirmheas a dhèanamh air cleachdadh eadar-nàiseanta, agus na roghainnean a gheibhtear, a thaobh cis air luach an fhearainn.

A' nuadhachadh sealbhadaireachd fearainn –

Gus taic a thoirt do na h-amasan aig Ministearan airson pàtran de shealbhadaireachd fearainn a tha nas ioma-dhòighich, a' toirt taic do dh'eaconamaidh a tha cothromach agus tarbhach, tha sinn air:

- Molaidhean a rannsachadh agus fhoillseachadh air dè tha a dhùth gus sealbhadaireachd coimhersnachd an fhearainn a dhèanamh mar roghainn àbhaisteach air feadh Alba
- Molaidhean a sgrùdadh agus fhoillseachadh a bhios a' dèiligeadh ris na cùisean ceangailte ri co-chruinneachadh sealbhadaireachd an fhearainn.

Co-dhùnaidhean air cleachdadh fearainn –

Gus taic a thoirt do chur an gnìomh gu practaigeach Còraichean is Dleastanasan Fearainn agus co-dhùnaidhean cunnatachail, tha sinn air:

- An ciad ann an sreach de leas-chunnraidhean fhoillseachadh air Còraichean is Dleastanasan Fearainn, a' toirt taic do chur an gnìomh gu practaigeach Stiùireadh air Conaltradh a Dhèanamh le Coimhersnachdan ann an Co-dhùnaidhean air Fearann, a dh'fhoillsicheadh le Riaghaltas na h-Alba
- Taic a thoirt do dh'uachdarain fearainn agus coimhersnachdan gus conaltradh èifeachdach ri coimhersnachdan a leasachadh
- Obair còmhla ri coimhersnachdan bailteil gus dòighean a chomharrachadh anns am faod co-dhùnaidhean air cleachdadh fearainn a bhith air an leasachadh
- Tùs-rannsachadh fhoillseachadh air cleachdadh eadar-nàiseanta a thaobh cùs air luach an fhearainn.

Cò sinne?

Gabhaltasan àiteachais –

Gu bhith a' leasachadh nan dàimhean eadar uachdarain àiteachais agus mìl-shealbhadairean gus taic a thoirt do raon àiteachais fallain, tha an Coimiseanair Tuathanachas Mìl air:

- Còdan Obrachaiddh agus Stiùireadh bhon Choimiseanair Tuathanachas Mìl fhoillseachadh
- Molaidhean a dhèanamh air mar a leasaichtear obrachaiddh an luchd-ionaid anns na dàimhean eadar uachdarain àiteachais agus mìl-shealbhadairean
- Eadar-mheadhanachadh fheuchainn mar dhòigh èifeachdach airson rèiteachadh chonnspaidean.

Tha sinn air a' bhuidheann againn fhàs agus adhartachadh tro bhith a' fastadh agus a' leasachadh luchd-obrach agus tro bhith a' leasachadh nan siostaman againn ann an co-rèir ri Ro-innleachd Leasachaiddh na Buidhne againn, air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheil buidheann againn a tha èifeachdach, a tha a' toirt luach an airgid agus a tha air a stiùireadh le adhbhar is luachan soilleir.

A' coimhead air adhart gu 2019-20, bidh sinn a' togail air obair na bliadhna seo gus taic agus brosnachadh a thoirt do dh'atharrachadh is do dhòighean-smaoineachaiddh ùra ann an cleachdadh, agus bidh sinn a' dèanamh mholaidhean do Mhinistearan na h-Alba, far a bheil e iomchaidh, airson atharrachaidhean reachdail agus poileasaidh gus barrachd a dhèanamh de dh'fhearann na h-Alba.



Andrew Thin
Cathraiche



Hamish Trench
Ceannard

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba na bhuidheann phoblach neo-roinneil (NDPB) a chaith a stèidheachadh air 1 Giblean 2017 fo Achd Ath-leasachaiddh an Fhearin (Alba) 2016. Air a' Choimisean, tha còig Coimiseanairean Fearainn agus aon Choimiseanair Tuathanachas Mìl, agus chaith iad uile a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba. Tha a' bhuidheann stèidhichte ann an Inbhir Nis agus a' fastadh sgioba de 13 luchd-obrach (mar a bha e air 31 Màrt 2019), leis a' Cheannard, Hamish Trench, air an ceann.



*Na Coimiseanairean Fearainn: (clì gu deas)
Megan MacInnes, an t-Àrd-ollamh David
Adams, Andrew Thin (Cathraiche), Dr Bob
McIntosh (Coimiseanair Tuathanachas Mìl),
Dr Sally Reynolds agus Lorne MacLeod*



Luchd-obrach Coimisean Fearainn na h-Alba air chuit leasachaiddh

Foir-shealladh

Dè tha sinn a' dèanamh?

'S e amas a' Choimisein a bhith a' toirt cumadh air, agus a' dràibheadh air adhart, prògram co-chrochach de dh'ath-leasachadh an fhearainn gach cuid ann an sgìrean bailteil agus sgìrean dùthchail, a bhith a' leasachadh tarbhachd, iomadachd agus cunnatagalachd nan dòighean anns a bheilear a' sealbhachadh is a' cleachdadadh fearann na h-Alba.

Tha sinn a' toirt a' cheannardais a bhios a' toirt phàrtaidhean ri chèile ann an dòigheansmaoineachaiddh ùra is atharrachadh, air chor 's gum bi an dòigh sa bheil sinn a' sealbhachadh is a' cleachdadadh fearann a' coileanadh làn-chomais na h-Alba.

Lèirsinn

'S e ar lèirsinn gum bi againn siostam sealbh, rianachd is cleachdadadh fearainn a tha cothromach, inghabhalach is tarbhach agus a bheir buannachdan nas fheàrr do mhuinntir na h-Alba air fad.

'S e dleastanasan nan Coimiseanairean Fearainn, mar a chaidh an cur an cèill anns an Achd:

- lèirmheas a dhèanamh air buaidh agus èifeachdas lagha no poileasaidh sam bith
- atharrachaidhean air lagh no poileasaidh sam bith a mholaodh
- fianais a thrusadh
- rannsachadh a dhèanamh
- aithisgean ullachadh
- fiosrachadh agus stiùireadh a thoirt seachad.

Tha dleastanas air a' Choimiseanair Tuathanachas Mail air deagh dhàimhean eadar uachdarain agus tuathanach mài a bhrosnachadh agus a chur air adhart.

'S e dleastanasan a' Choimiseanair Tuathanachas Mail:

- còdan obrachaidh air gabhaltasan àiteachais ullachadh
- na còdan obrachaidh a bhrosnachadh
- rannsachadh a dhèanamh air casaidean mu bhriseadh nan còdan obrachaidh
- aithisg ullachadh air modh-obrachaidh luchd-ionaid uachdarain is mài-shealbhadairean
- molaidhean a chur ri chèile airson liosta ùr de leasachaidhean air gabhaltasan tuathanachais
- ceist lagha sam bith air gabhaltasan àiteachais a chur gu Cùirt an Fhearrainn airson a' bheachd aice
- co-nbrachadh leis na Coimiseanairean Fearainn ann an coileanadh nan dleastanasan aca chun na h-ìre 's gu bheil na dleastanasan sin a' buntainn ri àiteachas agus gabhaltasan àiteachais
- dleastanasan sam bith eile a choileanadh a chaidh a bhuleachadh air a' Choimiseanair fo achdachadh sam bith.

Nuar a tha e a' coileanadh nan dleastanasan, feumaidh Coimisean an Fhearrainn sùil a chumail air an Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn a chaidh a chur an cèill le Ministearan na h-Alba.

Tha an dreuchd againn a' co-cheangal ceannardas agus atharrachadh a' chultair tro mheadhanan neo-riaghlaidh agus dleastanasan reachdail fom bi sinn a' dèanamh breithneachaiddh agus a' toirt comhairle seachad air reachdas agus air atharrachadh poileasaidh.

Air chùl na h-obrach seo agus air chùl obrachadh a' Choimisein tha na bun-luachan againn:



IONRACAS

Tha sinn ag obair airson muinntir na h-Alba agus tha sinn cunnatagalail riutha



DÙBLAN

Tha sinn a' cur dùblan oirnn fhìn agus air càch a bhith a' stiùireadh atharrachaidh



TIONNSGNADH

Tha sinn a' leasachadh smuaineachadh a tha àrd-amasach agus adhartach



ÚGHDARRACHADH

Tha sinn gar brosnachadh fhìn agus a' brosnachadh càch gus miannan-adhartais na h-Alba a choileanadh tro ath-leasachadh an fhearrainn

Amasan Ro-innleachdail

Tha ar n-obair air a stiùireadh le trì amasan ro-innleachdail:

TARBHACHD

A dhràibheadh barrachd luach - eaconamach, sòisealta agus dualchasach – bhon fhearrann againn.

IOMADACHD

A bhrosnachadh pàtran de shealbhadaireachd fearainn a tha nas ioma-dhòighich, le buannachdan an fhearrainn air an sgaoileadh ann an dòigh a tha nas in-ghabhalta.

CUNNTACHALACHD

A dhèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean a' toirt fa-near dhaibhsan air am bi buaidh agus gu bheil dleastanasan air an coileanadh.

Priomhachasan Ro-innleachdail

Tha am Plana Ro-innleachdail fad trì bliadhna, a' dèiligeadh ri 2018-2021, a' mìneachadh ceithir raoitean priomhachais airson obair a' Choimisein, a' còmh-dachadh fearainn gach cuid ann an sgìrean bailteil agus sgìrean dùthchail:

FEARANN AIRSON TAIGHEAN IS LEASACHADH

A bhith a' lùghdachadh nan cuingealachdan airson fearann bànn is talamh fàsaichte ath-leasachadh airson taigheadais agus cleachdaidhean tarbhach eile, gu bhith a' leasachadh solar an fhearrainn airson taigheadais agus gu bhith a' brodadhar dòigh-obrach nas fhorgnìomhaich a thaobh fearann a leasachadh airson leas a' phobaill.

SEALBHADAIREACHD FEARAINN

A bhith a' rannsachadh nam buaidhean a thathar a' fulang bho mheud agus co-chruinneachadh sealbhadaireachd an fhearrainn agus bho phoileasaidh cise, agus a bhith a' dèanamh làirmheas air èifeachdas nan innleachdan airson na còrach ri cheannach a tha aig coimhleasachdan.

CO-DHÙNAIDHEAN AIR CLEACHDADH FEARAINN

A bhith a' leasachadh càileachd agus cunntachalachd cho-dhùnaidhean, a' toirt seachad stiùireadh agus Còdan Obrachaidh.

GABHALTASAN ÀITEACHAIS

Gu bhith a' leasachadh nan dàimhean eadar uachdarain àiteachais agus màl-shealbhadairean gus taic a thoirt do raon àiteachais a tha fallain agus gus cothrom air fearann a mheudachadh dhaibhsan a tha ag iarraidh a bhith ri tuathanachas.



Foir-shealladh

Ciamar a tha sinn ga dhèanamh?

Tha sinn ag obair gus na h-amasan is na prìomhachasan againn a choileanadh tro:

- Com-pàirteachadh agus conaltradh: ag àrdachadh aire agus a' brodadh co-obrachadh agus atharrachadh air an lär
- Rannsachadh agus fianais: a' coimiseanadh an rannsachaидh is fianais a tha riatanach agus gan cur ri chèile
- Stiùireadh agus còdan: a' cruthachadh stiùireadh agus còdan obrachaидh gus cumadh a thoirt do dh'atharrachadh air an lär
- A' dùnamh mholaidhean airson atharrachadh ann an reachdas, poileasaидh agus cleachdadh.

Tha am Plana Ro-innleachdail agus na h-amasan ro-innleachdail a' faighinn taic bho Phrògram na h-Obraich, a tha a' cur an cèill na prìomh raointeán obrach a bhithear a' gabhail os làimh gus toraidhean fad-ùine airson ath-leasachadh fearainn a choileanadh. Tha seo air a libhrigeadh tro phlana gnothachais bliadhnaidh, a bhios a' mìneachadh clàr-ama na h-obraich agus nan toraidhean airson na bliadhna, a' gabhail a-steach na goireasan a tha ceangailte ris, a bharrachd air an rianachd coileanaidh.

Tha an Coimisean air grunn ghnìomhan a chur air adhart agus a choileanadh a bhios a' cur ri coileanadh a' phlana ghnothachais bliadhnaidh, nan amasan ro-innleachdail agus nan toraidhean fad-ùine (faic duilleagan 09-11 airson barrachd fiosrachaidh).

STRUCTAR LÌBHRIGIDH

PLANA
RO-INNLEACHDAIL

PRÒGRAM
NA H-OBRACH

PLANA
GNOOTHACHAIS
BLIADHNAIL



A' cur ris na Toraidhean Nàiseanta

Tha am Frèam Coileanaidh Nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba a' mìneachadh nan Toraidhean Nàiseanta aig àrd-ìre airson Alba a dhèanamh na h-àite-fuirich nas fheàrr agus na dùthaich nas soirbheasaich agus nas soirbheachail. Chaidh na Toraidhean Nàiseanta ath-sgrùdadh rè 2018, agus bidh na toraidhean fad-ùine airson ath-leasachadh fearainn aig Coimisean Fearainn na h-Alba a' cur ri sia toraidhean nàiseanta:

TORAIIDHEAN NÀISEANTA	TORAIIDHEAN FAD-ÙINE AIRSON ATH-LEASACHADH AN FHEARAINN
	<p>Tha sinn a' cur meas air ar n-àrainneachd, agus tha sinn ga mealadh, ga dion agus ga leasachadh</p> <p>Cha bhi an uimhir de chuingealachdan fearainn air leasachadh, den t-seòrsa a tha èifeachdach agus airson leas a' phobaill, agus air cruthachadh àiticheadh</p> <p>Bidh an àireamh de dh'aonadan àiteachais air an rianachd tro mhàl-shealbh no tro cho-iomairt ag èirigh</p>
	<p>Tha sinn a' measadh, a' dòn agus a' coileanadh chòraichean daonna agus tha sinn beò saor bho leth-bhreith</p> <p>Cha bhi solar fearainn airson taigheadais cho cuingealaichte le gabhaltas fearainn agus le luachan fearainn</p>
	<p>Tha sinn a' dèiligeadh ri bochdainn tro cho-phàirteachadh chothroman, beairteis agus cumhachd ann an dòigh a tha nas co-ionainne</p> <p>Bidh an fharsaingeachd lom de thalamh fàsaichte agus bàn a' tuiteam</p>
	<p>Tha eaonamaidh againn a tha co-fharpaisil leis a' chòrr den t-saoghal, tionnsgainneach, in-ghabhalach agus so-sheasmhach</p> <p>Bidh an ìre de cho-chruinneachadh ann am pàtranan de shealbhadaireachd fearainn a' tuiteam</p> <p>Bidh na dàimhean eadar uachdarain àiteachais agus màl-shealbhadairean a' dol am feabhas</p>
	<p>Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalach, air an cumhachdachadh, fulangach agus sàbhailte</p> <p>Bidh an ìre de chom-pàirteachas coimhearsnachd ann an co-dhùnaidhean air manaidseadh fearainn ag èirigh</p>
	<p>Tha sinn a' fàs suas gràdhaithe, sàbhailte agus air ar measadh air los gun coilean sinn ar làn-chomas</p> <p>Bidh an àireamh de choimhearsnachdan le sealbhadaireachd no smachd air an fhearin ag èirigh</p>

Na prìomh chùisean is chunnartan a tha romhainn

Tha sinn den bheachd gur ann aig na cùisean a leanas a bhios a' bhuaidh as motha air an dòigh san libhrig sinn ar n-obair agus san coilean sinn ar n-amasan thairis air an ath bhliadhna:

- Tha sinn fhathast ann an àm de chuingealachd ionmhasail
- Tha an dreach-tìre poilitigeach agus poileasaidhean a' sior-atharrachadh
- Tha buidheann bheag so-leònte ri call comais agus ri call nan sgilean a tha riatanach airson am plana gnothachais bliadhnaileil a libhrigeadh.

Tha an Coimisean air na cunnartan seo a mhaothachadh tro fhrèam airson rianachd chunnairt, rianachd bhuidseit, rianachd dhàimhean, togail fàire agus tro ro-innleachd leasachaidh na buidhne.

Gheibhear cunntas den rianachd chunnairt againn ann an 2018-19, maille ri tuairisgeul de na prìomh chunnartan agus mì-chinntean a tha romhainn, anns an Aithris air Riaghlaidh (faic duilleag 24).

Anailis Coileanaidh

Coileanadh Ionmhasail

Fhuair Coimisean Fearainn na h-Alba buidseatais (ris an canar Crìoch Caiteachais Roinneil, no DEL) de £1.4 millean bho Riaghaltas na h-Alba. Dh'obraich

an Coimisean taobh a-staigh na suim a fhuair e airson 2018-19 tro bhith a' tarraing sìos £1.315 millean den t-suim riaraichte de £1.4 millean.

Anailis Ionmhasail

Geàrr-chunntas den Chorralach airson na bliadhna	2018-19 £000	2017-18 £000
Caiteachas Obrachaidh lomlan	(1,281)	(905)
Tabhartas gus Cuideachadh air a tharraing sìos	1,315	915
Teachd-a-steach eile	-	-
Corralach	34	10

Rèiteachadh de chaiteachas obrachaidh, a rèir nuair a chaidh suimeannan a chlàradh, ri Tabhartas gus Cuideachadh air a tharraing sìos	2018-19 £000	2017-18 £000
Caiteachas Obrachaidh	1,281	905
Fàg neo-airgead às:		
Ìsleachadh luach agus Luach-chrònadh	(1)	-
Co-cheartachaidhean ri calpa saor, a' gabhail a-steach		
Malairt agus nithean a gheibhearn ann am malairt	16	-
Malairt is nithean eile a phàighean is ullachaidhean	(98)	(123)
Caiteachas fon t-suim shuidhichte den Tabhartas gus Cuideachadh air a tharraing sìos mar airgead	117	133
Tabhartas gus Cuideachadh air a tharraing sìos	1,315	915

Air stèidh cunntaidh teachd-a-steach is caiteachas, tha an toradh ionmhasail airson na bliadhna air gnìomhachdan àbhaisteach a' ghnothachais ag aithris corralach de £34k. Tha an corralach seo ag èirigh mar thoradh air co-cheartachaidhean cunntaidh, a tha mar thoradh air gluasadhan de chalpa obrach, chun nan aithrisean ionmhasail nach buin ri sruth airgid. Fhuair an Coimisean £1.315 millean den chuibreann aige de Thabhartas gus Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba, an dèidh dhuinn sàbhalaidhean de £85k

a chomharrachadh. Chaidh cuid den chaiteachas fon t-suim shuidhichte seo adhbharachadh le cùmhnan tan rannsachaидh a' sìneadh a-steach don ath bhliadhna ionmhasail. Bha ìre de mheasadh agus ro-bheachd a dhìth gus an caiteachas fon t-suim shuidhichte fhaotainn, agus tha e stèidhichte air gnàth-eòlas agus air aithrisean air obair gu ruige seo. Cha robh buaidh mhòr aig seo air coileanadh amasan a' Choimisein airson na bliadhna.

Na choilean sinn

Chomharraich am Plana Gnothachais Bliadhnaileirson 2018-19 na gnìomhan anns gach fear de na ceithir raintean de dh'obair, a' còmhachadh gach cuid sgìrean bailteil is sgìrean dùthchail na h-Alba agus mar a bhios sinn a' tomhas lìbhrigeadh.

Tha na priomhachasan a' toirt fiosrachadh air gach raon mu seach, agus tha iad a' sealtainn mar a tha na gnìomhan anns a' Phlana Ghnothachais a' toirt taic do thoraidhean àrd-ireach a' Phlana Ro-innleachdaich. Tha na toraidhean fad-ùine a' co-thaobhadh ri adhbhar is Toraidhean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba, mar a tha iad air an cur an cèill anns an Fhrèam Choileanaidh Nàiseanta.

Bha an gnìomh, an tomhas agus a' chlach-mhileirson gach raon prìomhachais air an sgrùdadh agus air an aithris air feadh na bliadhna ann an aithisgean-adhartais ràitheil a chuireadh chun a' Bhùird. Chaighd a' mhòr-chuid de na gnìomhan airson 2018-19 a choileananadh; tha ochd dhiubh a' dèanamh iomradh air lèirmheasan fad-ùine a leanas orra ann an 2019-20. Cha do choileananadh aon ghnìomh, ceangailte ri toirt sùil air roghainnean gus dàta air luach fearainn a leasachadh. Air sgàth dìth dàta ri fhaotainn, chaighd an gnìomh seo a thoirt a-mach às an t-sruth-obrach agus cha bhi e a' toirt buaidh air gnìomhan eile.

FEARANN AIRSON TAIGHEAN IS LEASACHADH	Gníomh 2018-19	Tomhas	Inbhe
Cuir feabhas air ath-leasachadh fearainn a tha bàn is fàsaichte	Leasaich molaidhean airson Òrdughan Reic Èigneachail a chur an gnìomh	Aithris air innealan a thathar a' moladh airson Òrdughan Reic Èigneachail	
Dèilig ri cuingealachdan ri leasachadh fearainn agus ri cruthachadh àitichean gu h-èifeachdach	Obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus com-pàrtichean eile gus modh-obrach àrd-amasach a chruthachadh airson ath-leasachadh fearann bàn is fàsaichte ann an dòigh tharbhach	Cuir air bhog lomaire air Fearann Bàn is Fàsaichte	
Dèan lèirmheas air luach is sealbhadaireachd fearainn anns a' mhargadh airson fearainn taigheadais	Rannsaich an comas airson dòigh nas fhor-ghnìomhaich a thaobh leasachadh a tha airson leas a' phobaill	Pìolat airson Sònaichean Chom-pàirteachasan Bailteil	
Frèam airson sgrùdadhbh is luachadh fad-ùine	Lèirmheas air Tasgadh Fearainn	Coimiseanaich rannsachadh	
	Lèirmheas air glacadh luach an fhearrainn	Aithisg eadar-amail air roghainnean a gheibhtear airson glacadh luach an fhearrainn.	
Frèam airson sgrùdadhbh is luachadh fad-ùine	Breithnich roghainnean gus dàta air luach fearainn a leasachadh	Aithris air cruinneachadh agus analis de dhàta agus beàrnan	
	Gu bhith air an cur an gnìomh tarsainn a h-uile sruth-obrach	Bun-loidhne agus frèam air an coileananadh	



coileanta



leantainneach



neo-choileanta

Anailis Coileanaidh

A' NUADHACHADH SEALBHADAIREACHD FEARAINN	Gníomh 2018-19	Tomhas	Inbhe
Dèilig ri cùisean a tha ag eirigh mar thoradh air meud/ dùmhachd sealbhadaireachd an fhearainn	Dèan lèirmheas air cleachdadh eadar-nàiseanta agus air fianais de chùisean ann an Alba	Foilssich aithisg eadar-amail air meud is dùmhachd sealbhadaireachd an fhearainn	
Dèan lèirmheas air an àite a thathar a' cluich le inbhe charthannais ann an sealbhadaireachd fearainn	Stiùireadh air deagh chleachdadh airson sealbhadaireachd fearainn le inbhe charthannais	Stiùireadh air deagh chleachdadh air fhoillseachadh agus air a chur air adhart	
Dèan lèirmheas air èifeachdas na còrach ri cheannach a tha aig coimhairsnachdan	Dèan lèirmheas air leasachaidhean ris na h-innealan airson sealbhadaireachd coimhairsnachd agus còir ri cheannach a dhèanamh comasach	Molaidhean bho aithisg eadar-amail air an dèanamh gu Ministearan na h-Alba	

CO-DHÙNAIDHEAN AIR CLEACHDADH FEARAINN	Gníomh 2018-19	Tomhas	Inbhe
Com-pàirteachas coimhairsnachd ann an co-dhùnaidhean air cleachdadh fearainn	Thoir taic do bharrachd com-pàirteachais coimhairsnachd ann an co-dhùnaidhean air cleachdadh fearainn agus thoir taic do chur an gníomh Stiùireadh air Conaltradh a Dhèanamh le Coimhairsnachdan ann an Co-dhùnaidhean air Fearann, a dh'fhoillsicheadh le Riaghaltas na h-Alba	Comhairlichean Conaltradh Choimhairsnachdan air am fastadh agus ann an dreuchd lomairt air com-pàirteachas air fearann bailteil	
Cleachdadhean air cleachdadhean	Rannsachadh bun-loidhne gus conaltradh coimhairsnachd ann an co-dhùnaidhean air manaidseadh fearainn a mheasadh	Cruthaich inneal measaidh	
Cleachdadhean air cleachdadhean	Dèan lèirmheas air a' bhuaidh a tha aig poileasaidh chìsean air co-dhùnaidhean air cleachdadh fearainn	Aithisg eadar-amail air an àite a dh'fhaodar cluich le cìs luach an fhearainn	
Stiùireadh air deagh chleachdadh agus comhairle	Prògram air deagh chleachdadh, a' toirt chòdan is stiùireadh airson sealbhadaireachd fearainn agus co-dhùnaidhean air cleachdadh fearainn	Foilseachadh nan còdan air sealbhadaireachd fearainn, sealbhadaireachd fearainn charthannach, conaltradh coimhairsnachd	
A' coileanadh chòraichean daonna	A' cur air adhart tuigse nas fharsainge de cho-theacs a chòraichean daonna airson ath-leasachadh fearainn	Sgrùdaidhean cùise de chur an gníomh càraichean daonna ann an ath-leasachadh fearainn	

GABHALTASAN ÀITEACHAIS	Gníomh 2018-19	Tomhas	Inbhe
Cuir an gníomh, cuir air adhart agus sgrùd Còdan Cleachdaidh agus Stiùireadh	Cuir air adhart agus thoir comhairle air cleachdadh nan Còdan Cleachdaidh agus Stiùireadh a dh'fhoillsicheadh le Coimiseanair Tuathanachas Màil agus dèilig ri brisidhean a dh'haodadh tachairt	Dh'fhoillsicheadh dà chòd air Pàigheadh Màil Fadalach agus Lèirmheasan Màil	
		Siostam airson rianachd obair-chùise air a choileanadh	
		Foillsich stiùireadh air pròiseactan co-iomairt/ cothroman gnothachais airson fearann fhuasgladh	
Lèirmheas air obrachadh luchd-ionaid	Furastaich fhathast dàimhean nas fheàrr eadar uachdarain agus tuathanaich màil gus taic a thoirt do raon àiteachais a tha tarbhach	Molaidhean do Mhiniestarán	
Dèan lèirmheas air cnapan-starraigd gu inntrigeadh ann an àiteachas	Cuir air adhart roghainnean airson modailean ùra no atharraichte de dh'ás-mhàladh is co-iomairt gus faotainneachd fearainn airson luchd-inntrigidh ùra gu àiteachais a mheudachadh	Pàipear deasbaid air fhoillseachadh agus co-bhùithtean-obrach còmhla ri NFUS air an dèanamh, le deasbad pannail, aig Fèill Rìoghail na Gàidhealtachd	
		Bun-loidhne airson tomhas a' mheudachaidh ann am faotainneachd de dh'fhearann-tuathanais airson luchd-inntrigidh ùra air a stèidheachadh agus cothroman airson fearann fhuasgladh fhoillseachadh	

Tha prògram farsaing air a bhith aig a' Choimisean gus conaltradh a dhèanamh, gach cuid ri com-pàrtichean agus ris a' phoball san fharsaingeachd, gus an còmhradh a leasachadh air mar a dh'haodadh ath-leasachadh an fhearrainn a bhith a' cuideachadh gus miannan adhartais a libhrigeadh airson coimhersnachdan bailteil agus dùthchail ann an Alba:

- 16 coinneamhan poblach air an cumail air feadh Alba le 240 an làthair uile gu lèir
- Conaltradh a' sior-dhol air adhart le com-pàrtichean, a' gabhail a-steach a' cur air dòigh agus a' frithealadh thachartasan cunbalach airson chom-pàrtichean

- A' foillseachadh phàipearan deasbaid air na prìomh chuspairean ceangailte ri ath-leasachadh an fhearrainn gus deasbad poblach a bhrosnachadh
- Ag obair còmhla ri com-pàrtichean gus prìomh raointean de dh'obair a ghlumasad air adhart agus gus cumadh a thoirt don deasbad air ath-leasachadh fearainn, leithid nan tachartasan aig Institiùd Rìoghail airson Dealbhadh Baile.

Anailis Coileanaidh

Coimiseanair Tuathanachas Màil

Tha raon tuathanachais màil soirbheachail an eisimeil air dàimh làdir, cuideachail eadar mìl-shealbhadairean agus uachdarain fearainn agus air dòigh-obrach dheimhinneach, phroifeiseanta le eadar-mheadhanairean a tha ag obair às leth a' mhàl-shealbhadair no an uachdarain fearainn. Feumaidh an leithid de dhàimhean a bhith stèidhichte air meas co-ionann agus luachan co-rioinnte agus dòigh-obrach choitcheann ri cothromachd agus reusantachd. Tha an Coimiseanair Tuathanachas Màil (an TFC) air adhartas brìgheil a dhèanamh thairis air a' bhliadhna ann an grunn raointeau airson tuathanachas màil.

Dh'fhoillsicheadh grunn Chòdan Obrachaidh a thathar an dùil a bhith a' stiùireadh nan dòighean-giùlain agus a' toirt cumadh air na modhan-obrach a tha ceangailte ris na h-eadar-obrachaidhean agus còmhraídhean eadar uachdarain fearainn agus mìl-shealbhadairean, a' gabhail a-steach luchd-ionaid agus eadar-mheadhanairean a tha ag obair airson taobh seach taobh. Chaith na Còdan a chruthachadh ann an co-chomhairleachadh le Fearann is Oighreachdan na h-Alba, Comann nan Tuathanach Màil Albannach, Aonadh Nàiseanta Thuathanach na h-Alba, Institiud Rìoghail nan Suibhearan Caire agus Luchd-rèiteachaidh is Luchd-luachaидh Àiteachais na h-Alba.

Gniomhan an TFC 2018-19

Chaidh dà Chòd fhoillseachadh:

- Pàigheadh Màil Fadalach (Giblean 2018)
- Ag Aontachadh agus A' Manaidseadh Mìl-shealbhaidhean Àiteachais (Gearran 2019)

Dh'fhoillsicheadh grunn leabhrachean-iùil gus fiosrachadh a thoirt do thuathanaich màil, uachdarain fearainn agus luchd-ionaid:

- Mar a chleachdar Rèiteach Eadar-rognach airson Deasbadan ann an raon nan gabhaltasan àiteachais ann an Alba
- Co-iomairtean le Luchd-inntrigidh ùra
- Pàigheadh Màil Fadalach – Comhairle Chudromach do Mhàl-shealbhadairean
- A' Cur Chraobhan air Gabhaltasan Àiteachais air Màl
- Giulan Proifeiseanta Luchd-ionaid agus Mar a Nì thu Gearan

Obair-chùise

Bidh an TFC a' toirt fiosrachadh do mhàl-shealbhadairean agus uachdarain fearainn air na Còdan. Cha do rinneadh feòrachaidhean oifigeil don TFC a thaobh briseadh nan Còdan Obrachaidh, ach fhuair an TFC 105 feòrachaidhean thairis air a' bhliadhna, meudachadh de 36 sa cheud bho 2017-18.




feòrachaidhean ann an 2018-19



meudachadh de

bho 2017-18

A thaobh fios thugainn, fhuaireadh a' chuid as mothà bho thuathanaich màil agus bhuapanan a bha gan riochdachadh (61 sa cheud), ach bha meudachadh brìgheil ann an àireamh de dh'fheòrachaidhean bho uachdarain, bho riochdairean uachdarain agus bho phroifeiseantaich eile, a' riochdachadh 22 sa cheud de na feòrachaidhean:



Fhuaireadh raon farsaing de dh'fheòrachaidhean leis an TFC thairis air a' bhliadhna a chaidh:

Seòrsa de fheòrachadh don TFC 2018-19

Eile	15
Lèir-laghadh	15
Dlestanasan a thaobh obair-ghlèidhidh	15
Deireadh a' ghabhaltais/gabhaltais ùr	12
Lèirmheas mìl	10
Spòrs	5
Cumhachan Gabhaltais	5
Neach-inntrigidh ùr/Maidseadh Fearainn	5
Reachdas	5
Pàigheadh Mìl Fadalach	4
Gluasad còir fearainn/còir sheilbh	4
Giùlan Luchd-ionaid	3
Ath-thòiseachadh	3
Com-pàirteachasan Earranta	1

Dh'íarr Oighreachdan Buccleuch air an TFC cùisean-cùraim a sgrùdadh a thaobh grunn Chom-pàirteachasan Earranta agus aon Ghabhaltais Geàrr de dh'Fhad Crìochnach a thugadh gu crìch. Rinn an TFC lèirmheas air na còig cùisean, a' coimhead aig mar a bha an Oighreachd air dèligeadh ris na cùisean agus an deach an làimhseachadh ann an co-rèir ri deagh chleachdadh agus na còdan is stiùireadh iomchaidh a chaidh fhoillseachadh. Fhuair an TFC nach robh gnìomh sam bith a rinneadh leis an Oighreachd a' briseadh an reachdais air gabhaltaisan àiteachais ach nach deach deagh chleachdadh a leantail an-còmhnaidh agus gum b' urrainn don Oighreachd cuid de na còmhraidhean is co-dheasbadan a làimhseachadh ann an dòigh na bu mhothachail.

Chaidh clach-mhìle chudromach a ruigsinn nuair a chuir an TFC an lèirmheas air obrachadh luchd-ionaid gu Ministearan na h-Alba. Chaidh naoi molaidhean a dhèanamh, a thathar a-nis gan cur an gnìomh le com-pàirtichean.

Gus an dàimh eadar uachdarain fearainn agus mìl-shealbhadairean a leasachadh, rinn an Coimisean pìolat de sheirbheis eadar-mheadhanachaidh air feadh 2018-19. Rinneadh trì eadar-mheadhanachaidhean airson connspàidean fada air cùisean iom-fhillteach far an robh eachdraidh ann de dhroch bhuaidh air na gnothachasan a bha nan lùib. Tha gach gin de na trì eadar-mheadhanachaidhean air rèiteachadh adhbharachadh, a dhèilig ris na cùisean a chaidh a thogail agus/no a dhèilig ris na duilgheadasan a bha ann an dòigh ioma-chuimseach.

Cuideachd, thug an TFC taic do dh'iomairt air feadh an raoin gus aire dhaoine a thogail air an Lèir-laghadh airson Leasachaidhean a rinneadh le Mìl-shealbhadairean.



Anailis Coileanaidh

A' Bhuidheann againn

Luchd-obrach

Lean an Coimisean air gus sgioba luchd-obrach fhastadh mean air mhean tro phròiseas fastaidh a tha làdir, cothromach is fosgailte. Chaidh Ro-innleachd Leasachaiddh na Buidhne a chur an gnìomh a bhios a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' faighinn na cuid as fheàrr bhon luchd-obrach againn tro phlanaichean trèanaidh is leasachaiddh agus gu bheil a h-uile neach-obrach air ùghdarrachadh gu bhith gan leasachadh agus a' fàs. Tha an Ro-innleachd a' toirt cumadh air a' chultar againn fhad 's a tha i a' cur air adhart lèirmheas leantainneach nan dòighean-obrach is modhan-obrach againn, air chor 's gun dèanar cinnteach gun lean iad orra a bhith èifeachdach is mothachail agus a' toirt luach an airgid.

Tha a' bhuidheann air fàs bho sgioba de 10 luchd-obrach ann an 2017-18 gu 13 ann an 2018-19. Mar thoradh air sin, bha e comasach don bhuidhinn a ghluasad bho ùine stèidheachaidh gu ùine libhrigidh, a' foillseachadh grunn aithisgean cudromach, a bharrachd air molaidhean a dhèanamh gu Riaghaltas na h-Alba, agus ag obair a dh'ionnsaigh nan toraidhean fad-ùine airson leasachadh fearainn.

Foir-shealladh so-sheasmhach, sòisealta agus àrainneachdail

Ann an co-rèir ri Riaghaltas na h-Alba, tha an Coimisean a' cur chòraichean daonna – eaconamach, sòisealta agus cultarach – aig cridhe na h-obrach againn. Tha seo air fhighe a-steach sa Phlana Ro-innleachdail agus ann am Prògram na h-Obrach againn, le cruinn-shealladh air coileanadh nan còraichean daonna tron fhrèam airson ath-leasachadh an fhearrainn ann an Alba.

Tha targaidean àrd-amasach aig Riaghaltas na h-Alba airson lùghdachadh carboin bhon raon phoblach. Rinn an Coimisean cinnteach gu bheil na prionnsabalan seo air chùl stèidheachadh na buidhne agus gun lean iad orra a bhith air an leasachadh. Tha an Coimisean suidhichte ann an togalach Riaghaltas na h-Alba, agus tha sinn an sàs ann am buidheann-cleachdaidh an togalaich, a' beachdachadh air roghainnean airson còmhdhail so-sheasmhach agus leasachaidhean àrainneachdail. Tha sinn cuideachd a' beachdachadh gu dlùth air bun-chùisean taobh a-staigh, leithid uaineachadh ar siubhail, goireasan agus solarachadh a bharrachd air àrdachadh aire.

Faodaidh grunn buuannachdan tighinn don choimhearsnachd nas fharsainge tro luchd-obrach ag obair anns a' choimhairsnachd agus le buidhnean carthannais. Tha sinn a' toirt taic dhaibhsan a tha airson gnìomhachdan coimhairsnachd no carthannais a dhèanamh, agus tha sinn gam moladh airson an oidhirpean. Air feadh 2018-19, bha oidhirpean an luchd-obrach a thaobh togail airgid a' taobhadh air a' charthannas Toilet Twinning agus, an dèidh grunn thachartasan, tha a h-uile toidhleat anns an togalach oifis a-nis 'càraidichte'.

Faodaidh luchd-obrach pàirt a ghabhail ann an sgeama 'thoir mar a choisinnear', far am faod iad cuid den tuarastal aca a thoirt gu buidhnean carthannais a roghnaich iad.

Feabhas luach

Tha sinn an geall air feabhas luach a lìbhrigeadh tro riaghlagh agus cunnatachalachd a tha soilleir, tro rianachd coileanaidh a tha èifeachdach, tro obair le com-pàirteachasan, tro làn-mheudachadh èifeachdasan agus a' fighe seasmhachd a-steach san dòigh a dh'obraicheas sinn.

Cùisean ana-coirbteachd is ana-bhrièreachd

Tha Poileasaidh an aghaidh Foill aig a' Choimisean, agus cha d' thuaireadh aithris sam bith de fhoill no coirbteachd.

Priomh Thomhaisean Coileanaidh

Chaidh coileanadh na h-oifise a mheasadh an coimeas ris a' Phlana Ghnothachais Bhliadhnaile 2018-19, nì a thathar ag aithris don Bhòrd gach ràith. Tha am Plana Gnothachais Bhliadhnaile a' toirt a-steach buidseat, oifigearan stiùridh, gnìomhan agus clachan-mìle.

Tha an Coimisean a' cruthachadh Frèam Coileanaidh às an tàirgnear Priomh Chomharran Coileanaidh. Bithear a' déanamh cinnteach mar sin gu bheil sgrùdadadh èifeachdach fad-ùine a rèir nan toraidhean fad-ùine a chaidh a chomharrachadh anns a' Phlana Ro-innleachdach. Bidh seo air a chur an gnìomh anns a' bhliadhna ri tighinn 2019-20.

Geàrr-chunntas air Coileanadh

Am-bliadhna, choilean an Coimisean grunn chlachan-mìle cudromach ann an lìbhrigeadh a' Phlana Ghnothachais Bhliadhnaile agus a' Phlana Ro-innleachdail. A thaobh obrachadh, tha an Coimisean air ghluasad air adhart ann a bhith a' leasachadh cultar, luchd-obrach agus siostaman. Chaidh lèirmheas ioma-chuimseach a dhèanamh de shiostaman na buidhne, agus tha siostaman ùra a-nis ann an àite gus buidheann ùr-ghnàthach is spionnmhor a chruthachadh, a' gabhail a-steach solaraichean ùra airson teicneòlas fiosrachaидh agus goireasan daonna.

Gu h-iomlan, b' i bliadhna shoirbheachail a bha ann, anns an do rinn sinn adhartas cudromach air prìomhachasan ro-innleachdach a lìbhrigeadh a bharrachd air ath-leasachadh fearainn. Tha an Coimisean a-nis ann an deagh shuidheachadh a bhith a' leantainn air gus na prìomh shruthan-obrach a lìbhrigeadh rè na bliadhna ri teachd.

Hamish Trench



Ceannard agus Oifigear Cunntachail
3 Sultain 2019



Clàr-innse

Aithisg air Riaghladh Corporra	18
Aithisg nan Stiùirichean	18
Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail	20
Aithris air Riaghladh	21
Aithisg air ìocadh is Luchd-obrach	28
Poileasaidh air ìocadh	28
Aithisg air Luchd-obrach	33
Aithisg air Cunntachalachd Phàrlamaideach	35
Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich	36
Aithrisean Ionmhasail	39
Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom	39
Aithris air Suidheachadh Ionmhasail	40
Aithris air Sruthan Airgid	41
Aithris air Atharrachaidhean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean	42
Nòtaichean an cois nan Cunntasan	43
Stiùireadh air Cunntasan	51

Aithisg air Riaghladh Corporra

Aithisg nan Stiùirichean

Bòrd nan Coimiseanairean

Andrew Thin (Cathraiche)

Tha corr is fichead 's a deich bliadhna de ghnàth-eòlas aig Andrew air dreuchdan ceannardais san raon phoblach, san raon phrìobhaideach agus san treas raon. Cho-òrdanaich e an obair air an Lèirmheas air reachdas air gabhaltasan àiteachais ann an 2014. Am measg dhreuchdan eile san raon phoblach, bha e na Choimiseanair Croitearachd, na Chathraiche air Ùghdarras Pàirc Nàiseanta d' Mhonaidh Ruaidh agus na Chathraiche air Dualchas Nàdair na h-Alba. An-dràsta, tha Andrew cuideachd na Chathraiche air Canàlan Albannach.

Dr Bob McIntosh CBE (Coimiseanair Tuathanachas Màil)

Le dreuchd mar sheirbheiseach catharra air a leigeil dheth, tha gnàth-eòlas farsaing aig Bob ann am poileasaidh poblach, gu h-àraig ann am manaidseadh fearainn agus coilltearachd. Bha Bob na Stiùiriche airson na h-Àrainneachd agus Coilltearachd aig Riaghaltas na h-Alba eadar 2012 agus 2015, agus bha e na Stiùiriche air Coimisean na Coilltearachd Alba. Bha e na chom-pàirtiche air tuath bràghad de 650 acairean fad 15 bliadhna. Tha e cuideachd na Bhall Bùird air lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Dr Sally Reynolds

Tha Sally na Neach-comhairle Àiteachais (le PhD ann an eag-eòlas matamataigeil); an-dràsta, tha i ag obair le raon an fhearainn choimhearsnachd mar Oifigear Leasachaидh le Urras Oighreachd Chàrlabhaigh. Mar chroitear gnìomhach agus mar ghlèidheadair sprèidhe, tha i a' cur ri grunn gnìomhachdan a tha a' toirt buannachd don choimhearsnachd.

Lorne MacLeod

Bha Lorne na stiùiriche stèidheachaïdh, agus an uair sin na Chathraiche, air Fearann Coimhearsnachd Alba, agus tha e air a bhith na stiùiriche air buidhnean airson fearann coimhearsnachd a cheannach ann an Èirisgeigh, Uibhist a Deas is Beinn na Faoghla, agus Eilean Ghiogha. B' esan a' chiad Stiùiriche air Neartachadh Choimhearsnachdan aig lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha e na chunntasair cùmhñantaiche, agus tha e na stiùiriche de ghnothachas reic is riarrachaïdh san Eilean Sgitheanach.

Megan MacInnes

Tha Megan ag obair mar chomhairliche fearainn don buidheann neo-riaghaltas eadar-nàiseanta Global Witness. Tha fein-fhiosrachadh aice de dh'obair eadar-nàiseanta, ann an Cambuidea, Miànnmar agus Laos, le buidhnean coimhearsnachd, buidhnean neo-riaghaltas, riaghaltasan agus companaidhean mòra àiteachais, gus dion chòraichean fearainn a leasachadh. Tha ealantas nach beag aice ann an ath-leasachadh an fhearainn, manaidseadh fearainn, ùghdarrachadh choimhearsnachdan agus còraichean daonna.

An t-Àrd-ollamh David Adams

Tha David na Chathraiche Ian MacTaggart airson seilbh agus rannsachaidhean bailteil aig Oilthigh Ghlaschu. Tha e air rannsachadh a dhèanamh agus fhoillseachadh gu farsaing air cùisean fearainn bailteil, agus tha ùidh mhòr aige ann a bhith a' fuasgladh chuingealachdan sealbhadaireachd gu leasachadh bailteil agus a' dèiligeadh ri fearann bànn agus talamh fàsaichte. Roimhe, bha e na chomhairliche do Bhuidheann Lèirmheas Ath-leasachadh an Fheàrainn.

Gheibhear làn fhiosrachadh air Clàr Com-pàirtean nan Coimiseanairean air an làrach-lìn
www.landcommission.gov.scot/whowere



Cli gu deas: Megan MacInnes, Àrd-ollamh David Adams, Andrew Thin (Cathraiche), Dr Bob McIntosh (TFC), Dr Sally Reynolds agus Lorne MacLeod

Sgioba Stiùiridh



Hamish Trench Ceannard agus Oifigear Cunnatachail

Tha vallach air airson ceannardas ro-innleachdail agus stiùireadh obrachaидh na buidhe agus airson taic a thoirt do na Coimiseanairean ann an coileanadh an dleastanasan.



Posy MacRae Ceann, Conaltradh agus Seirbheisean Corporra

Tha vallach oirre a bhith a' stiùireadh conaltraidhean is seirbheisean corporra a' Choimisein, a' gabhail a-steach riaghlaidh corporra.



Shona Glenn Ceann, Poileasaidh is Rannsachadh – Fearann

Tha vallach oirre a bhith a' stiùireadh prògram rannsachaidh agus poileasaidh air fearann airson taigheadas agus leasachadh, sealbhadaireachd fearainn agus co-dhùnaidhean air cleachdadh fearainn.



Sarah Allen Ceann, Poileasaidh is Rannsachadh – Tuathanachas Màil

Tha vallach oirre airson poileasaidh is rannsachadh gus taic a thoirt don Choimiseanair Tuathanachas Màil agus don t-sruth-obrach nas fharsainge air gabhaltasan àiteachais.

Peinnseanan

Tha an luchd-obrach aig Coimisean Fearainn na h-Alba ion-roghnach a bhith nam ball de Phrìomh Sgeama Peinnsean na Seirbheis Catharra. Gheibhear làn-fhiosrachadh air an sgeama agus air làn-chòraichean nan àrd-stiùirichean aig Coimisean Fearainn na h-Alba anns an Aithisg air locadh (duilleag 28) agus nòta 1.7 (duilleag 44) an cois nan cunntasan.

Iarrtasan Saorsa an Fhiosrachaidh

Fhuair Coimisean Fearainn na h-Alba seachd iarrtasan Saorsa an Fhiosrachaidh rè na bliadhna 2018-19. Faodar sùil a thoirt air làn-fhiosrachadh orra seo air làrach-lìn Coimiseanair Fiosrachaidh na h-Alba stats.itspublicknowledge.info/

Dion Dàta

Cha do thachair call dàta rè na bliadhna.

Còd Cleachdadh Pàighidh

Ann an co-rèir ri poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, feumaidh Coimisean Fearainn na h-Alba a h-uile cunntas a phàigheadh, mura bheil e fo dheasbad, taobh a-staigh 10 làithean bho fhuaireadh e. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag amas air 100 sa cheud de chunntasan a phàigheadh, a' gabhail a-steach cunntasan a tha fo dheasbad aon uair 's gu bheil an deasbad air a rèiteachadh, ri uair a rèir nan cumhachan seo. Rè na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2019, phàigh Coimisean Fearainn na h-Alba 99 sa cheud de chunntasan a rèir nan cumhachan seo.

Cìsean nach buin ri Sgrùdadadh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Sgrùdadadh Alba a chur an dreuchd mar an neach-sgrùdaidh chunntasan bho thaobh a-muigh. Thathar a' foillseachadh làn-fhiosrachadh air a' chìs airson sgrùdadadh nan cunntasan gu ceann na bliadhna 31 Màrt 2019 ann an nòta 3 (duilleag 46) an cois nan cunntasan. Cha tugadh cùmhnan no pàigheadh do Sgrùdadadh Alba airson obair sam bith nach buin ri sgrùdadadh rè na bliadhna.

Aithisg air Riaghladh Corporra

Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail

Ann an co-rèir ri earrann 19(4) de dh'Achd Ionmhas Poblach agus Cunntachalachd (Alba) 2000 agus earrann 19 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016, tha Ministearan na h-Alba air stiùireadh a thoirt do Choimisean Fearainn na h-Alba gus aithris air cunntasan a dheisealachadh airson gach bliadhna ionmhasail anns a' chruth agus air an stèidh a chuireadh an cèill anns an Stiùireadh air Cunntasan a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba.

Tha na cunntasan air an deisealachadh a rèir nuair a tha suimeannan gan clàradh, agus feumaidh iad dealbh fior agus cothromach a thoirt de chor a' ghnothaich ann an Coimisean Fearainn na h-Alba aig ceann an ama agus de na cosgaisean obrachaiddh aige a bharrachd air buannachdan agus calltachdan aithnichte agus sruthan airgid airson an ama ionmhasail.

Ann an deisealachadh nan cunntasan, tha an t-Oifigeir Cunntachail fo dhleastanas a bhith:

- A' cumail ris an Stiùireadh air Cunntasan a dh'fhoillsicheadh le Ministearan na h-Alba, a' gabhail a-steach na riatanasan cunntasachd agus rùn-phàirteachaidh, agus a' cur an gnìomh poileasaidhean cunntasachd freagarrach air stèidh chunbalach
- A' toirt bhreithean agus tuairmsean air stèidh reusanta
- Ag ràdh an deach inbhean cunntasachd ionchaidh, mar a thathar a' cur an cèill ann an Leabhar-làimhe an Riaghaltais air Aithriseadh Ionmhasail, a leantail, agus a bhith a' leigeil ris agus a' mìneachadh eadar-dhealachaidhean sam bith a tha susbainteach anns na cunntasan
- A' deisealachadh nan cunntasan le dùil gun cùm a' bhuidheann a' dol.

Tha an Rùnaire Maireannach is Priomh Oifigeir Cunntachail aig Riaghaltas na h-Alba air Ceannard Coimisean Fearainn na h-Alba a chur an dreuchd mar Oifigeir Cunntachail.

Aithris leis an Oifigear Chunntachail

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm airson riaghailteachd is iomchaidheachd nan ionmhasan poblach ris a bheil mi a' freagairt, airson clàran iomchaidh a chumail agus airson stòrasan Coimisean Fearainn na h-Alba a dhòn, mar a chaidh a chur an cèill anns a' Mheòrachan gu Oifigearan Cunntachail airson Pàirtean de Rianachd na h-Alba, a dh'fhoillsicheadh le Ministearan na h-Alba.

Rùn-phàirteachadh Fiosrachaidh chun an Luchd-sgrùdaidh

Mar Oifigear Cunntachail, cho fad 's as aithne dhomh, chan eil fiosrachadh buntainneach ri sgrùdadhbh air a bheil neach-sgrùdaidh Coimisean Fearainn na h-Alba aineolach. Tha mi air a h-uile ceum reusanta a ghabhail air chor 's gum bithinn fhìn eòlach air an fhiosrachadh air fad a tha buntainneach ri sgrùdadhbh agus gum faodainn dèanamh cinnteach gu bheil neach-sgrùdaidh Coimisean Fearainn na h-Alba eòlach air an fhiosrachadh.

Deimhinneachadh an Oifigeir Chunntachail air an Aithisg Bhliadhnailean agus Cunntasan

Mar Oifigear Cunntachail, tha mi a' deimhinneachadh gu bheil an aithisg bhliadhnailean agus cunntasan san fharsaingeachd cothromach, cothromaitche agus so-thuigsinn, agus tha mi gu pearsanta a' gabhail uallach airson na h-aithisg bliadhnailean agus cunntasan agus nam breithneachaidhean a tha riatanach airson deimhinneachadh gu bheil iad cothromach, cothromaitche agus so-thuigsinn.

Aithris air Riaghladh

Cùl-fhiosrachadh

Tha an Aithris air Riaghladh a' clàradh stiùbhardachd Coimisean Fearainn na h-Alba agus a' cur ris na cunntasan bliadhnailean. Tha an aithris seo cuideachd a' tarraing ri chèile aithrisean agus fianais air riaghladh agus air rianachd is smachd chunnairt gus uidheam aithriseidh a lìbhrigeadh a tha co-chrochach agus co-chòrdail.

Farsaingeachd Dleastanais

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm airson siostam earbsach de dh'in-smachd a chumail a tha a' toirt taic do choileanadh poileasaidhean, cuimsean is amasan na buidhne, a chaidh a chur an cèill le Ministearan na h-Alba, fhad 's a thathar a' dòn nam maoinean is stòrasan poblach air a bheil mi fhìn cunntachail gu pearsanta, ann an co-rèir ris na dleastanasan a dh'fhoillsicheadh ann am Meòrachan an Oifigeir Chunntachail.

Ann an coileanadh mo dhleastanasan pearsanta, tha mi a' dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann a' gèilleadh ris an Leabhar-làimhe air lonmhas Poblach na h-Alba (SPFM). Dh'fhoillsicheadh an SPFM le Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean ceangailte eile air an làimhseachadh is aithriseadh iomchaidh airson nam maoinean poblach. Tha an leabhar-làimhe a' mìneachadh nan riatanasan reachdail, pàrlamaideach agus clèireachail, a' cur cuideim air an fheum air èifeachdas, caomhantachd agus comas, agus a' cur air adhart deagh chleachdadh agus inbhean àrda de dh'iomchaidheachd.

Aithisg air Riaghlaidh Corporra

Frèam-obrach Riaghlaidh

Am Bòrd

Tha an Cathraiche air ceann Bòrd nan Coimiseanairean agus tha an Ceannard air ceann stiùireadh rianachd Coimisean Fearainn na h-Alba.

Air a' Bhòrd tha sianar Choimiseanairean; tha còignear dhiubh nan Coimiseanairean Fearainn agus tha aon dhiubh na Choimiseanair Tuathanachas Màil. Chaith iad uile a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh air na Coimiseanairean air duilleag 18.

Is e dreuchd a' Bhùird a bhith a' toirt ceannardas ro-innleachdail airson na buidhne, a' cur an cèill stiùireadh air poileasaidh, a' gabhail a-steach cruthachadh Plana Ro-innleachdail agus Prògram na h-Obrach ri bhith air an aontachadh le Ministearan na h-Alba. Tha iad cuideachd a' marasgladh coileanadh na buidhne, agus tha an Ceannard cunnatachail ris a' Bhòrd airson a' choileanaidh sin.

Rè na bliadhna 2018-19, bha am Bòrd a' cur cuideim air:

- Marasgladh lìbhrigeadh a' Phlana Ro-innleachdail agus Prògram na h-Obrach
- Dèanamh conaltradh farsaing le com-pàirticean agus leis a' phoball, a' gabhail a-steach coinneamhan poblach cunbalach air feadh Alba
- Cumail sùil air coileanadh gach ràith, a' dèiligeadh ri coileanadh a thaobh lìbhrigeadh, ionmhasan, cunnartan agus riaghlaidh
- Leasachadh agus trèanadh airson Buill a' Bhùird.

Tha am Bòrd a' faighinn taic bho Chomataidh Sgrùdadhbh agus Cunnartan gus sùil a chumail air sgrùdadhbh chunntasan taobh a-staigh agus sgrùdadhbh chunntasan taobh a-muigh agus coileanadh a thaobh ionmhasan, cunnartan agus riaghlaidh.

Tha am Bòrd an geall air inbhean àrda de riaghlaidh corporra, agus is e beachd a' Bhùird gum bi structar earbsach de riaghlaidh a' cruthachadh buidheann a tha soirbheachail.

Gheibhear gnàth-riaghailtean a' Bhùird bho làrach-lìn a' Choimisein www.landcommission.gov.scot

Coimiseanairean rè 2018-19:

Coimiseanair	Suidheachadh air a' Bhòrd	An làthair aig Coinneamhan Bùird 2018-19
Andrew Thin	Cathraiche	10/10
Megan MacInnes	Coimiseanair	10/10
An t-Àrd-ollamh David Adams	Coimiseanair	09/10
Dr Bob McIntosh	Coimiseanair Tuathanachas Màil	08/10
Dr Sally Reynolds	Coimiseanair	10/10
Lorne MacLeod	Coimiseanair	10/10

Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan

Mar ios-mheud, bidh am Bòrd a' cur an dreuchd co-dhiù dithis Choimiseanairean air Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan. Leis gu bheil a' bhuidheann agus am bòrd gu math beag a thaobh meud, chaith ball bho thaobh a-muigh a cho-thaghadh air Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan air chor's gun dèanar cinnteach gu bheil barrachd ealantas ann agus sgrùdadh eifeachdach. Choinnich a' Chomataidh seo ceithir tursan rè na bliadhna 2018-19.

Is àbhaist gum bi na sgrùdairean taobh a-muigh is taobh a-staigh an làthair aig gach coinneamh de Chomataidh Sgrùdadh agus Cunnartan. Thathar a' toirt a' chothruim dhaibh a bhruidhinn gu neo-fhoirmeil ri buill na Comataidh. Is e fàth na Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan sùil a chumail, agus ath-bhreithneachadh, air cunnartan, smachd agus riaghladh corporra. Bidh a' Chomataidh ag obrachadh gu neo-eisimeileach agus bidh i a' toirt cunntas don Bhòrd.

Gheibhear na cumhachan iomraidh airson Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan air làrach-lìn a' Choimisein www.landcommission.gov.scot

Buill de Chomataidh Sgrùdadh agus Cunnartan rè 2018-19:

Ball Comataidh	Suidheachadh air Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan	An làthair aig Coinneamhan Comataidh 2018-19
Lorne MacLeod	Cathraiche (Coimiseanair)	4/4
Megan MacInnes	Ball (Coimiseanair)	4/4
Yvonne McIntosh*	Ball (Co-thaghete)	4/4

* Chaidh a co-thaghadh air 26 Ògmhios 2017;

Tha an dreuchd cho-thaghte gu bhith a' tighinn gu crìch/ion-roghnach airson ath-ùrachadh air 26 Ògmhios 2020.

Àrd-sgioba Stiùiridh 2018-19

- Hamish Trench (Ceannard is Oifigear Cunnatachail bho 1 Lùnastal 2017)
- Shona Glenn (Ceann, Poileasaidh is Rannsachadh – Fearann bho 26 Ògmhios 2017)
- Sarah Allen (Ceann, Poileasaidh is Rannsachadh – Tuathanachas Mài bho 19 Ògmhios 2017)
- Posy MacRae (Ceann, Conaltradh agus Seirbheisean Corporra bho 22 Faoilleach 2018)

Gheibhear tuilleadh fiosrachaидh air Àrd-sgioba Stiùiridh air duilleag 19.

Tha an t-Àrd-sgioba Stiùiridh a' coinneachadh gu cunbalach gus stiùireadh obrachaidh a cho-òordanachadh. Tha an t-Àrd-sgioba Stiùiridh an geall air inbhean àrda de riaghladh corporra agus tha iad a' toirt a' cheannardais, stiùireadh ro-innleachdail agus àrainneachd smachd a tha a dhìth gus prìomh amasan Coimisean Fearainn na h-Alba a libhrigeadh.

Aithisg air Riaghladh Corporra

Frèam-obrach Chunnartan agus Smachd

Feumaidh a h-uile buidheann le ùmhachd do riatanasan Leabhar-làimhe air lonmhas Poblach na h-Alba (SPFM) ro-innleachd rianachd chunnairt a chur an gnìomh ann an co-rèir ris an stiùireadh ionchaidh a dh'fhoillsicheadh le Ministearan na h-Alba.

Tha an dòigh-obrach airson chunnartan agus smachd stèidhichte air pròiseas leantainneach a chaidh a dhealbhadh air chor's gum faod na prìomh chunnartan gu coileanadh poileasaidhean, cuimsean is amasan Coimisean Fearainn na h-Alba a chomharrachadh; gum faod nàdar agus farsaingeachd nan cunnartan sin a mheasadh; agus gum faod iad a bhith air am manaidseadh le èifeachdas, caomhantachd agus comas.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' cumail Clàr-chunnairt Ro-innleachdail, a bhios a' clàradh chunnartan taobh a-staigh agus taobh a-muigh agus a bhios a' comharrachadh nan gnìomhan maothachaidh a tha a dhìth gus an coltas gun tig na cunnartan sin gu buil a lùghdachadh agus gus a' bhuaidh a thigeadh bhuapa isleachadh. Tha an Clàr-chunnairt Ro-innleachdail air ath-ùrachadh is ath-sgrùdadh gu cunbalach mar ghnàth-chuspair air a' chlàr-ghnothaich gach cuid leis an Àrd-sgioba Stiùridh agus le Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan. Bithear a' toirt gach cunnart fa leth gu sealbhadair, a bhios a' dèanamh cinnteach gun dèanar na gnìomhan maothachaidh. Bidh am Bòrd a' beachdachadh air a' Chlàr-chunnairt gach ràith.

Gabhaidh na prìomh chunnartan a chaidh a chomharrachadh rè na bliadhna gu 31 Màrt 2019 a sheòrsachadh fo ceithir prìomh chinn-sgrìobhaidh:

Lìbhrigeadh

- Cunnart nach urrain don Choimisean an t-ealantas riatanach fhaighinn gus sàrrannsachadh/chùmhñantan a lìbhrigeadh, agus mar thoradh air seo gum bi dàil no beàrn ann an lìbhrigeadh
- Cunnart nach urrainn don Choimisean atharrachadh a shealltainn/mheasadh a rèir nan toraidhean is amasan aontaichte

- Cunnart gum fulaingear call shiostaman agus mar thoradh air sin nach b' urrainn don Choimisean obrachadh mar bhuidheann
- Cunnart nach urrainn don Choimisean atharrachadh a shealltainn/mheasadh an aghaidh nan toraidhean is amasan aontaichte.

Cliù

- Cunnart, a thaobh dèanamh poileasaidh agus rianachd dhàimhean, gum faicear modh-obrach ais-ghníomhach mar fhreagairt ri cùisean a tha ag èirigh
- Cunnart gum bi neo-chunbalachd ann an co-cheangal toraidhean a' Choimisein ann an dòigh-aithris shoilleir agus gan ceangal ris a' chlàr-ghnothaich nas fharsainge air ath-leasachadh an fhearainn
- Cunnart nach tèid aig a' Choimisean air dàimhean làidir a thogail is a chumail suas le prìomh chom-pàirtichean, agus mar thoradh air seo gun tigeadh milleadh cliù
- Cunnart gum bi rianachd dhàimhean neo-èifeachdach thar Riaghaltas na h-Alba agus, mar thoradh air sin, nach bi obair a' Chomisein air a thuiginn gu math agus nach faigh a mholaidhean gabhail riutha.

Gèilleadh

- Cunnart nach tèid aig a' Choimisean poileasaidhean riaghlaidh chorporra, reachdail no neo-reachdail, a chur an àite no a chur an gnìomh
- Cunnart nach tèid aig a' Choimisean a lìbhrigeadh a rèir a' bhuidseit a chaidh a riarrachadh dha, agus mar thoradh air seo gu bheil failneachadh a thaobh cliù, rianachd agus riaghlaidh.

Luchd-obrach

- Cunnart gu bheil luchd-obrach neo-làthaireach air sgàth tinneis msaa, agus mar thoradh air seo gu bheil call comais ann airson eileamaidean a tha riatanach airson nan siostaman gnothachais agus lìbhrigeadh
- Cunnart gu bheil atharrachaidhean ann am prìomhachasan obrach, dùilean neo-chòrdail no dìth prìomhachaидh a' toirt droch bhuaidh air fallaineachd an luchd-obrach.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' leantainn poileasaidh Riaghaltas na h-Alba air Tèarainteachd Fiosrachaидh, agus tha Àrd-shealbhadair Cunnart Fiosrachaидh ann an àite gus cunnart fiosrachaидh a stiùireadh.

Tha na modhan-obrach airson cunnart agus smachd air an cur an gnìomh taobh a-staigh Coimisean Fearainn na h-Alba a' co-chòrdadh ris an stiùireadh anns an SPFM agus bha iad ann an àite airson na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2019 agus gu ruige an latha nuair a fhuaireadh aonta airson na h-aithisg bhliadhnaile agus cunntasan.

Rè na bliadhna agus gu ruige an latha nuair a fhuaire an cunntasan fo-shoidhneachadh, bha na rianan riaghlaidh a leanas ann an àite:

- Poileasaidh air Brathadairean
- Poileasaidh an aghaidh Foill
- Oideachaidhean-deasg air lonmhas, air ath-ùrachadh

An dèidh mholaidhean bho In-sgrùdadadh a thaobh chuingealachaidhean ann am frèam airson rianachd chunnairt a' Choimisein, chaidh am frèam agus na dòighean-obrach ath-ùrachadh agus a chur an gnìomh rè na bliadhna ionmhasail. Bithear a' leantainn oirrn lèirmheas a dhèanamh air an t-siostam in-smachd air chor's gun dèanar cinnteach gum bi seo a' sìor-thoirt misneachadh èifeachdach fhad's a tha a' bhuidheann a' fàs agus a' leasachadh.

Feabhas luach

Ann an stèidheachadh na dòigh-obrach is nan siostaman aige, tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' leantainn nam prionnsabhalan a thaobh Feabhas Luach. Mar eisimpleir, tha an Coimisean air rianan airson sheirbheisean co-roinnte a ghabhail os làimh a bheir seirbheisean corporra a tha èifeachdach is èifeachdail, a' gabhail a-steach airson 2018-19 solarachadh airson ghoireasan daonna, le Ùghdarris Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.

Ghabh an Coimisean ri Ro-innleachd Leasachaидh na Buidhne, agus fon ro-innleachd sin bithear a' dèanamh lèirmheas air solar sheirbheisean co-roinnte agus gam mion-atharrachadh tuilleadh gus feuman gnothachais agus cultar fàsmhor a' Choimisein a choileanadh.

Modhan-obrach airson Strì eadar Com-pàirtean

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag obrachadh mhodhan-obrach, a tha teann agus uile-chùiseach, a bhios a' dèiligeadh ri stri sam bith a b' urrainnear èirigh eadar com-pàirtean. Thathar a' cumail clàr chom-pàirtean, a' còmhdaidh gach cuid Coimiseanairean agus luchd-obrach, agus thèid ath-ùrachadh gach bliadhna. Faodaidh am poball an clàr a sgrùdadadh, agus thathar a' foillseachadh an fhirosrachaидh bho na Coimiseanairean air làrach-lìn Coimisean Fearainn na h-Alba.

Bidh Coimiseanairean a' clàradh stri sam bith a b' urrainnear èirigh aig toiseach gach coinneamh a' Choimisein, agus, far a bheil e freagarrach, nì iad fhèin neo-làthaireach airson cho-dhùnaidhean air cùis sam bith anns a bheil com-pàirt aca. Thathar a' clàradh nam foillseachaidhean com-pàirt seo ann an geàrr-chunntas na coinneimh.

Sgrùdadadh Chunntasan Taobh a-muigh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Sgrùdadadh Alba a chur an dreuchd mar an neach-sgrùdaidh chunntasan bho thaobh a-muigh airson ceithir bliadhna bho 1 Giblean 2017.

Sgrùdadadh Chunntasan Taobh a-staigh

Tha in-sgrùdadadh na phàirt bhunaiteach den t-siostam in-smachd. Airson na bliadhna ionmhasail 2018-19, chaidh seirbheis sgrùdadadh chunntasan taobh a-staigh a sholarachadh le BDO LLP, a ghabh obair os làimh stèidhichte air anailis de na cunnartan mu choinneimh a' Choimisein. Chaith aithisgean a dheisealachadh a' dèiligeadh ri rianachd chunnairt, smachdan ionmhasail, obair-chùise a' Choimiseanair Tuathanachas Mòil agus stiùireadh phròiseactan. Dh'aithris an lèirmheas air siostaman ionmhais gun robh deagh chleachdadh ann a thaobh pròiseas agus modhan-obrach, ach chomharraich e siostam an ionmhais a tha an Coimisean a' cleachdadh mar nì a dh'fhaodadh a bhiith na chunnart. Am measg nan raointean far an robh gnìomhachd na phrìomhachas àrd, bha cur an gnìomh an fhùram airson rianachd chunnairt.

Aithisg air Riaghlaigh Corporra

Tha na co-dhùnaidhean bhan in-sgrùdadh gan taisbeanadh ann an aithisgean rè na bliadhna chun an Àrd-sgioba Stiùiridh agus gu Comataidh Sgrùdadh is Cunnartan. Anns na h-aithisgean seo, bidh beachd air iomchaidheachd agus èifeachdas an t-siostaim in-smachd, còmhla ri molaidhean airson leasachaidhean.

Rinn In-sgrùdadh measadh air adhartas a' Choimisein air cur an gnìomh na molaidhean a rinneadh anns na lèirmheasan. Fhuaireadh dealas is oidhirp làidir a thaobh na molaidhean a chur an gnìomh, agus dh'aithnicheadh gun robhar a' coileanadh nam molaidhean air rianachd chunnairt agus air an fhrèam airson rianachd chunnairt.

Rinn In-sgrùdadh 12 molaidhean: chaidh seachd dhiubh a chur an gnìomh gu h-iomlan; chaidh a dhà dhiubh a chur an gnìomh ann am páirt agus thèid an crìochnachadh ann an 2019-20; agus bha trì molaidhean ann nach robh dligheach air cur an gnìomh.

Gach bliadhna, bidh an solarache in-sgrùdaidh a' foillseachadh aithisg bhliadhnailean anns am bi beachd air an t-siostam in-smachd. A rèir toraidhean an lèirmheis air rianachd chunnairt, riaghlaigh agus pròiseasan in-smachd a' Choimisein, tha barantas reusanta aig a' Choimisean nach eil laigsean mòra ann an siostaman in-smachd airson nan raointeann air an do rinneadh lèirmheas ann an 2018-19.

Dàta agus Rianachd Fiosrachaidean

Tha modhan-obrach ann an àite air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheilear a' gèilleadh ri dleastanasan dàta agus rianachd fiosrachaidean. Cha robh call dàta no briseadh dàta air a chlàradh no air aithriseadh leis a' Choimisean rè na bliadhna. Tha an Coimisean air ceumannan a ghabhail a dhèanamh cinnteach gu bheilear a' gèilleadh ri dleastanasan GDPR. Tha Oifigear Dòn Dàta sònraichte aig a' Choimisean a bharrachd air Sealbhadairean Stòras Fiosrachaidean sònraichte agus Àrd-shealbhadairean Cunnart Fiosrachaidean.

Tha an Coimisean ag aithneachadh cho cudromach 's a tha sìobar-sheasmhachd agus tha e air a bhith a' leantainn air ag obair còmhla ri Riaghaltas na h-Alba air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheil na teicneòlasan didseatach againn ann an co-rèir ri Plana-ghniomh an Raoin Phoblaich airson Sìobar-sheasmhachd. Fhuaireadh teisteanas airson Cyber Essentials Plus le Riaghaltas na h-Alba anns an Dàmhair 2018.

Cùisean Riaghlaidh Susbainteach

Rè 2018-19, cha robh cùisean riaghlaidh susbainteach ann ri aithriseadh.

Fòcas Airson Riaghlaidh A' Coimhead Air Adhart

A' dol air adhart, bidh na priomh dhùbhlain riaghlaidh mu thimcheall lìbhrigeadh ann an co-theacs de chliomaid ionmhasail a tha teann. Feumar:

- Prògram na h-Obrach aig Coimisean Fearainn na h-Alba a lìbhrigeadh
- Aithriseadh bho shiostaman fiosrachaidean agus ionmhais a lìbhrigeadh, a tha freagarrach gus taic a thoirt do lìbhrigeadh èifeachdach is èifeachdail air na h-amasan corporra
- Dèanamh cinnteach gu bheil an sgeama tiomadh ùghdarrais a' leigeil le luchd-obrach Coimisean Fearainn na h-Alba obrachadh ann an dòigh èifeachdach is èifeachdail
- Leasachadh leantainneach a bhith ann air fiosrachadh rianachd coileanaidh
- Dèanamh cinnteach gu bheil na feumalachdan aig gach Coimiseanair fa leth airson leasachadh an cuiid sgilean air an comharrachadh agus a' faighinn taic le prògraman trèanaidh thar a' Bhùird agus airson gach neach-dreuchd
- Stèidheachadh Comataidh ìocadh a bhios a' marasgladh is a' sgrùdadh nan siostaman ìocaidh a chaidh a chur air bhonn airson a' Choimisein, gu h-àraig an siostam airson pàigheadh is rangachadh.

Barantasan Stiùiridh

Tha lèirmheas an Oifigeir Chunntachail, air èifeachdas an t-siostaim in-smachd agus nan rianan airson rianachd chunnairt, a' faighinn fiosrachadh bho:

1. Litir barantais le taic bho làn liosta-dhearbhaidh air in-smachd, aontaichte le Cinn Seirbheise, a' comharrachadh smachdan agus, far a bheil e iomchaidh, a' toirt fa-near cùisean iomagain
2. Obair nan in-sgrùdairean, a' gabhail a-steach aithisgean rè na bliadhna chun na Comataidh Sgrùdadhbh agus Cunnartan aig Coimisean Fearainn na h-Alba (a' gabhail a-steach a' bheachd aca, a tha neo-eisimeileach agus neo-phàirteach, air iomchaidheachd agus èifeachdas an t-siostaim in-smachd aig a' Choimisean, còmhla ri molaidhean airson leasachaidh)
3. Iomraighean bho sgrùdadhbh chunntasan taobh a-muigh anns na h-aithisgean aca
4. Aithisg bhliadhnailean chun a' Bhùird bho Chathraiche na Comataidh Sgrùdadhbh agus Cunnartan a' toirt mion-fhiosrachaidean air obair na comataidh sin rè na bliadhna
5. Lèirmheasan gach ràith bhon Chomataidh Sgrùdadhbh agus Cunnartan air clàr-chunnairt na buidhne agus air obair nan in-sgrùdairean a' measadh èifeachdas nan rianan airson rianachd chunnairt
6. Litrichean barantais bho Riaghaltas na h-Alba, a tha a' solarachadh sheirbheisean co-roinnte airson ionmhas agus teicneòlas fiosrachaidean do Choimisean Fearainn na h-Alba.

Tha Aithisg Barantais Bhliadhnailean nan In-sgrùdairean a' co-dhùnadh gu bheil am frèam-obrach de smachdan a tha ann an àite a' toirt barantas reusanta a thaobh libhrigeadh èifeachdach is èifeachdail nan amasan ro-innleachdail aig a' Choimisein.

Co-dhùnadh

Stèidhichte air na bunan barantais ainmichte agus air an fhòram ùr airson rianachd chunnairt a chaideh a chur an gnìomh, tha mi riaraichte gu bheil smachdan riaghlaidean iomchaidh a-nis ann an àite agus gu bheil iad ag obrachadh gu h-èifeachdach.

Feumar am frèam-obrach airson smachdan a leasachadh barrachd mar a tha a' bhuidheann a' fàs, air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheil e corrèireach agus èifeachdach. Chomharrach sinn obair a bhios a dhìth gus na siostaman airson rianachd obair-chùise a neartachadh a bharrachd air an fhòram-obrach airson rianachd coileanaidh. Bithear a' toirt na h-obrach seo air adhart ann an 2019-20.

Aithisg air ìocadh is Luchd-obrach

Chaidh am fiosrachadh anns na clàran gu h-ìosal air tuarastalan agus air peinnseanan a sgrùdadadh le Sgrùdadadh Alba. Chaidh na h-earrannan eile den Aithisg air ìocadh ath-sgrùdadadh le Sgrùdadadh Alba air chor 's gun dèanar cinnteach gun robh iad co-chòrdail ris na aithrisean ionmhasail.

Poileasaidh air ìocadh

Buill a' Bhùird

Tha sianar Choimiseanairean air Bòrd Coimisean Fearainn na h-Alba. Tha ìocadh nan Coimiseanairean üghdarraichte le Ministearan na h-Alba agus air a dhearbhadh a rère "Poileasaidh air Pàigheadh san Raon Phoblach airson Dreuchdan Àrda" (faic www.scotland.gov.uk/publications airson tuilleadh fiosrachaiddh). An-dràsta, chan eil dreuchdan Buill a' Bhùird ion-pheinnsean. Chaidh Buill a' Bhùird uile a chur an dreuchd bho 19 Dùblachd 2016. Chaidh ceathrar bhall a chur an dreuchd air cumhachan còig bliadhna, agus chaidh dithis bhall a chur an dreuchd air cumhachan ceithir bliadhna.

Luchd-obrach

Tha a h-uile neach-obrach, maireannach agus teirm-shuidhichte, air fhastadh le Coimisean Fearainn na h-Alba. Airson chumhachan pàighidh ann an 2018-19, ghabh an Coimisean ri rangachadh is poileasaidh Riaghaltas na h-Alba gus irean tuarastail agus lèirmheas a shocrachadh, agus chuir e roimhe

gum bithear a' leantainn, le co-cheangal, a' phrìomh bharganachaiddh choitchinn aig Riaghaltas na h-Alba gus tuarastal a shocrachadh. Thathar ag aithneachadh gum feum pàigheadh a bhith aig ère a chuidicheas fastadh, glèidheadh agus brosnachadh luchd-obrach. Thathar cuideachd ag aithneachadh poileasaidhean an Riaghaltas air pàigheadh san t-Seirbheis Chatharra is san raon phoblach agus gum feumar cumail ri smachdan air caiteachas poblach. Thathar a' cumail sùil air coileanadh an luchd-obrach tro shiostam measadh coileanaidh.

Comataidh Sgrùdadadh agus Cunnart

Air a' Chomataidh Sgrùdadadh agus Cunnart aig Coimisean Fearainn na h-Alba, tha dithis Choimiseanairean agus aon bhall co-thaghte bho bhuidheann taobh a-muigh. Chan eil am ball co-thaghte a' faighinn ìocadh sam bith agus mar sin chan eilear ga ghabhail a-steach anns an aithris a leanas.

Ìocadh a' Bhùird

Bha ìocadh ri phàigheadh ris na Coimiseanairean mar a leanas:

Coimiseanairean a bha ann an dreuchd rè 2018-19	2018-19 (£)	2017-18 (£)
Andrew Thin (Cathraiche)	12,384	12,144
Megan MacInnes (Coimiseanair Fearainn)	6,972*	6,132
An t-Àrd-ollamh David Adams (Coimiseanair Fearainn)	4,944	4,848
Dr Bob McIntosh (Coimiseanair Tuathanachas Mài)	19,776	19,392
Dr Sally Reynolds (Coimiseanair Fearainn)	4,944	4,848
Lorne MacLeod (Coimiseanair Fearainn)	4,944	4,848

Chan eil dreuchdan Coimiseanair ion-pheinnsean.

*Tha pàigheadh airson shochairean neo-ionmhasail de £2,028 uile gu lèir air a ghabhail a-steach anns an ìocadh shuas airson Megan MacInnes a thugadh rè na bliadhna (2017-18: £1,284).

Tha Cathraiche Coimisean Fearainn na h-Alba an geall ri ceithir làithean gach mìos.

Tha Coimiseanair Tuathanachas Mài an geall ri ochd làithean gach mìos.

Tha Coimiseanairean Fearainn an geall ri dà latha gach mìos.

Chaidh na Coimiseanairean uile a chur an dreuchd bho 19 Dùblachd 2016.

Ìocadh airson Àrd-oifigearan

Tha an earrann a leanas a' toirt fiosrachaидh air ìocadh agus com-pàirtean peinnsean nan àrd-oifigearan aig Coimisean Fearainn na h-Alba:

	Tuarastal		Sochairean peinnsein		Suim iomlan	
	£000		£000		£000	
	2018-19	2017-18	2018-19	2017-18	2018-19	2017-18
Ceannard						
Hamish Trench	70-75	45-50 (65-70)	41	36	110-115	80-85
Àrd-sgioba Stiùiridh						
Posy MacRae* ¹ Ionann is làn-ùine	35-40 (45-50)	30-35 (45-50)	16	13	55-60	45-50
Sarah Allen* ² Ionann is làn-ùine	30-35 (50-55)	25-30 (50-55)	13	10	45-50	35-40
Shona Glenn	50-55	35-40 (45-50)	21	15	70-75	50-55

*¹ Ag obair 0.8 FTE *² Ag obair 0.6 FTE

Tha na figearan tuarastail 2017-18 () mar gun robh iad airson tuarastal ionann is làn-bhliadhna.

Tuarastal – A' gabhail a-steach làn-thuarastal, seach-thìm agus cuibhreann sam bith eile chun na h-ìre 's gu bheil e a' tighinn fo bhuaidh cìsean na Rìoghachd Aonaichte. Tha an aithris seo stèidhichte air pàighidhean a rinneadh rè na bliadhna le Coimisean Fearainn na h-Alba.

Sochairean neo-ionmhasail – Cha tugadh sochairean neo-ionmhasail sam bith rè 2018-19.

Frith-bhuannachdan – Cha robh frith-bhuannachd sam bith ann rè 2018-19.

Aithisg air ìocadh is Luchd-obrach

Dìoladh airson call dreuchd

B' e an t-suim seo neoni airson 2018-19 (2017-18: neoni).

Rainnse pàighidh

Tha dleastanas air buidhnean aithriseidh a bhith a' foillseachadh na dàimh eadar ìocadh an neach-obrach leis an tuarastal as àirde agus an ìocadh meadhanail airson luchd-obrach na buidhne.

Airson Coimisean Fearann na h-Alba, bha am bann ìocaidh aig an neach-obrach leis an tuarastal as àirde anns a' bhliadhna ionmhasail

2018-19 eadar £70k is £75k. (2017-18: £65-70k). Bha seo 2.45 uiread as motha na an t-ìocadh meadhanail airson an luchd-obrach, a bha aig £29,951.50 (2017-18: £28,033).

Ann an 2018-19, cha d'fhuair neach-obrach sam bith ìocadh nas àirde na an Ceannard. Bha ìocadh a' rainnseachadh bho £19,562 gu £53,965 (2017-18: £17,642 gu £51,359). Tha an co-mheas shuas a' gabhail a-steach ionann is làn-ùine (FTE) fad na bliadhna airson inntearnach a chaidh fhastadh bhon Fhaoilleach chun a' Mhàirt 2019 a-mhàin.

Sochairean Peinnsean

	Peinnsean tàrmachta eig aois a' pheinnsean mar a bha e air 31/03/19 agus cnap-shuim a bhuineas ris		Àrdachadh fior ann am peinnsean agus cnap-shuim a bhuineas ris aig aois a' pheinnsean		CETV* aig 31/03/19	CETV aig 31/03/18	Àrdachadh fior ann an CETV mar mhaoinichte le fastaidhean
	£000		£000		£000	£000	£000
	Peinnsean	Cnap- shuim	Peinnsean	Cnap- shuim			
Ceannard							
Hamish Trench	15-20	-	0-2.5	-	230	174	20
Àrd-sgioba Stiùiridh							
Posy MacRae	0-5	-	0-2.5	-	18	8	6
Sarah Allen	0-5	-	0-2.5	-	16	6	7
Shona Glenn	0-5	-	0-2.5	-	16	6	8

*Tha CETV a' ciallachadh luach an airgid a gheibhearr airson peinnsean a ghluasad ("Cash Equivalent Transfer Value"), agus faodar barrachd fiosrachaидh thaotainn air duilleag 32.

Peinnseanan na Seirbheis Catharra

Thatar a' toirt shochairean peinnsein tro rianan peinnsein na Seirbheis Catharra. Bho 1 Giblean 2015, chaidh sgeama peinnsein ùr airson seirbheisich catharra a thoirt a-steach – Sgeama nan Seirbheiseach Catharra agus Eile, no alpha, a tha a' toirt shochairean peinnsein air stèidh cuibheasachd tuarastail, le aois a' pheinnsein gu h-àbhaisteach co-ionann ri Aois Peinnsean na Stàite airson a' bhuill (no 65 ma tha sin nas àirdre). Bhon cheann-latha sin, ghabh a h-uile seirbheiseach catharra a bha ùr ann an dreuchd, agus a' mhòr-chuid dhiubhsan a bha mar-thà anns an t-seirbheis, ris an sgeama ùr alpha. Ron cheann-latha sin, bha seirbheisich catharra a' gabhail pàirt ann am Prìomh Sgeama Peinnsein na Seirbheis Catharra (PCSPS). Tha ceithir roinnean ann am PCSPS: 3 a tha a' toirt shochairean air stèidh an tuarastail dheireannaich (classic, premium no classic plus), le aois a' pheinnsein àbhaisteach de 60; agus aon a tha a' toirt shochairean air stèidh a' chùrsa-obrach iomlan (nuvos), le aois a' pheinnsein àbhaisteach de 65.

Tha na rianan reachdail seo neo-mhaoinichte, le cosgais nan sochairean air a pàigheadh le suimeannan airgid a tha Pàrlamaid a' bhòtadh gach bliadhna. Tha peinnseanan a thatar a' pàigheadh fo classic, premium, classic plus, nuvos agus alpha air am meudachadh gach bliadhna ann an co-rèir ri reachdas air meudachadh pheinnseanan. Bha buill de PCSPS a bha 10 bliadhna taobh a-staigh aois a' pheinnsein àbhaisteach aca air 1 Giblean 2012 a' fantainn ann am PCSPS an dèidh 1 Giblean 2015. Bidh iadsan a bha eadar 10 bliadhna agus 13 bliadhnaichean is 5 mìosan bhon aois a' pheinnsein àbhaisteach aca air 1 Giblean 2012 ag atharrachadh gu alpha uaireigin eadar 1 Ògmhios 2015 agus 1 Gearran 2022. Airson a h-uile ball a tha ag atharrachadh gu alpha, tha na sochairean PCSPS aca air am 'bancaicheadh', air alt 's gum bi iadsan le sochairean nas tràithe ann an tè de na roinnean stèidhichte air tuarastal deireannach a' faighinn nan sochairean sin stèidhichte air an tuarastal dheireannach aca nuair a dh'fhàgas iad alpha. (Tha na figearan peinnsein airson oifigich a' sealtainn peinnsein a choisinn iad ann am PCSPS no alpha – mar a tha freagarrach. Far a bheil sochairean aig an oifigeach gach cuid ann an alpha agus ann am PCSPS, thatar ag aithris figear a tha a' riocdhachadh luach co-mheasgaichte de na sochairean aca anns an dà sgeama.) Bhon Dàmhair 2002, dh'fhaodadh buill a tha a' tighinn a-steach don sgeama a bhith a' taghadh an ullachaидh iomchaidh a thaobh peinnsein

'comharrachte mu shochairean' no 'peinnsean neach-pàirteachaidh ceannach-airgid' le cuibhreann fastaidheir (cunntas peinnsein com-pàirteachais)

Tha cuibhreannan an fhastaidheir ceangailte ri tuarastal agus tha iad aig ère eadar 4.6 sa cheud agus 8.05 sa cheud de chosnadhlairson peinnsein de bhuill ann an classic, premium, classic plus, nuvos and alpha. Bidh sochairean ann an classic a' tàrmachadh aig ère 1/80mh de chosnadhlairson dheireadh airson peinnsein airson gach bliadhna de sheirbheis. Cuideachd, tha cnap-shuim a tha co-ionann ri trì bliadhna de pheinnsean an toiseach ri pàigheadh an dèidh dol air chluaineas. Airson premium, bidh sochairean a' tàrmachadh aig ère 1/60mh den chosnadhlairson dheireadh airson peinnsein airson gach bliadhna de sheirbheis. Neo-choltach ri classic, chan eil cnap-shuim daonna ann. Tha classic plus an ère mhath na mheasgachadh, le sochairean airson seirbheis ro 1 Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach ann am farsaingeachd mar a tha classic agus sochairean airson seirbheis bhon Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach mar a tha iad ann am premium. Ann an nuvos, bidh buill a' cur ri peinnsean air stèidh an tuarastail ion-pheinnsein ri linn ùine am ballrachd anns an sgeama. Aig deireadh bliadhna an sgeama (31 Màrt), tha cunntas peinnsein choisinn a' bhuill a' faighinn 2.3 sa cheud den chosnadhlairson peinnsein aca sa bhliadhna sin den sgeama agus tha am peinnsean tàrmachadh ga àrdachadh a rèir an reachdais air àrdachadh peinnsein. Bidh sochairean ann an alpha a' fàs ann an car an aon dòigh ri nuvos, ach gu bheil ère an tàrmachaidh aig 2.32 sa cheud. Anns gach suidheachadh, faodaidh gun cuir buill romhpa am peinnsean a thoirt suas agus cnap-shuim fhaotainn chun nan crìochan a leag Achd an Ionmhais 2004.

Tha cunntas peinnsein com-pàirteachais na ullachadh peinnsein do luchd-pàirteachaidh. Nì am fastaidhear cuibhreann bunaiteach eadar 8 sa cheud is 14.75 sa cheud (a rèir aois a' bhuill) ann am bathar peinnsein luchd-pàirteachaidh a thaghlas am ball bho phannal sholaraicheadh. Chan fheum an neach-obrach cur ris, ach nuair a chuireas iad, bheir am fastaidhear an aon rud seachad gu ère 3 sa cheud den tuarastal ion-pheinnsean (a bharrachd air cuibhreann bunaiteach an fhastaidheir). Bidh fastaidhearan cuideachd a' cur 0.5 sa cheud a bharrachd de thuarastal ion-peinnsean gus cosgaisean a chòmhach airson àrachas shochairean an aghaidh chunnartan, a thatar a' solarachadh bhon mheadhan (is e sin, bàs ann an seirbheis agus leigeil dreuchd seachad air sàilleibh droch shlàinte).

Aithisg air locadh is Luchd-obrach

Is e am peinnsean tàrmachta a chithear an seo am peinnsean air am bi am ball airidh nuair a ruigeas iad aois a' pheinnsein, no nuair a sguireas iad de bhith nam ball den sgeama ma tha iad cheana aig aois a' pheinnsein no nas sine. Is e 60 aois a' pheinnsein airson buill ann an classic, premium agus classic plus, 65 airson buill ann an nuvos agus, airson buill ann an alpha, 65 no Aois Peinnsean na Stàite ma tha sin nas àirde. (Tha na figearan peinnsein a bheirear airson oifigearan a' nochdadhbh a' pheinnsein a chaidh a chosnadh ann am PCSPS no alpha – mar a tha ionchaidh. Nuair a tha sochairean aig an oifigear gach cuid ann am PCSPS agus ann an alpha, is e an àireamh a bheirear luach nan sochairean san dà sgeama còmhla, ach thoir fa-near gur dòcha gum biodh pàritean den pheinnsean sin rim pàigheadh aig aois seach aois.)

Gheibhear barrachd fiosrachaiddh mu ullachaidhean peinnsein na Seirbheise Catharra air an lèrach-lìn www.civilservicepensionscheme.org.uk

Airson 2018-19, chaidh cuibhreannan fastaidheir luach £80.5k (2017-18: £46.8k) gu PCSPS. Bha na cuibhreannan seo rim pàigheadh aig aon de ceithir ìrean, bho 20.0 sa cheud gu 24.5 sa cheud de chosnadh airson peinnsein, stèidhichte air bannan tuarastail. Tha ìrean nan cuibhreannan ceangailte ri sochairean mar a tha iad gan tàrmachadh, chan ann nuair a tha na cosgaisean air an giùlan, agus tha iad ceangailte ri na thachair anns an sgeama roimhe. Bidh clèireach-urrais an sgeama ag ath-bhreithneachadh cuibhreannan fastaidheir a h-uile ceithir bliadhna an dèidh làn luachadh an sgeama. Bidh an luachadh as ùire ga thoirt gu buil bho 1 Giblean 2019, agus bidh na ceithir ìrean a' meudachadh gu rainnse bho 26.6 sa cheud gu 30.3 sa cheud.

Luach an airgid a gheibhear airson peinnsean a għluasad (CETV)

Is e a tha ann an Luach an airgid a gheibhear airson peinnsean a għluasad (CETV) luach aithnichte nan sochairean ann an sgeama peinnsein a tha ball air a ghleidheadh bho sgeama peinnsein suas gu àm sònraichte, agus sin air a mheasadh le clèireach-urrais. Is iad na sochairean a thèid a mheasadh sochairean tàrmachta a' bhuill agus peinnsean sam bith aig cèile ceangailte a tha ri phàigheadh bhon sgeama. Is e a tha ann an CETV suim a thèid a phàigheadh le sgeama peinnsein (no rēiteachadh) gus sochairean peinnsein a ghleidheadh ann an sgeama peinnsein (no rēiteachadh) eile airson nuair a tha ball a' fàgail sgeama agus iad a' roghnachadh na sochairean a għlèidh iad sa chiad sgeama a għluasad. Tha na figearan peinnsein a tha gan sealltainn a' buntainn ri sochairean a tha an neach fa leth air a ghleidheadh mar thoradh air a' bhallrachd iomlain aca san sgeama pheinnsein, chan e dìreach an t-seirbheis a nì iad mar phāirt den sgioba stiùiridh a dh'fheumar fħoillseachadh.

Am measg nam figearan, tha luach sochair peinnsein sam bith ann an sgeama (no rēiteachadh) eile a chuir am ball a-null gu ullachaidhean peinnsein na Seirbheise Catharra. Nam measg cuideachd tha sochair peinnsein sam bith a bharrachd a fhuair am ball seach gun do cheannaich e sochairean peinnsein a bharrachd air a chosgais flèin. Tha CETVs gan obrachadh a-mach a rēir Riaghailtean Sgeamaichean Peinnsein Obrach (Luachan Cur A-null) (Atharrachadh) 2008 agus chan eil iad mothachail air lùghdachadh sam bith a th' ann aig an àm seo no a dh'fhaodadh a bhith ann san ùine air toiseach air sochairean mar thoradh air Cis Cuibhreann Beatha a dh'fhaodadh a bhith ri pàigheadh nuair a thèid na sochairean peinnsein a għabail.

Meudachadh Fior ann an CETV

Tha seo a' sealltainn meudachadh ann an CETV a tha gu ìre mhòr air a mhaoineachadh leis an neach-fastaidh. Chan eil e a' għabail a-staigh àrdachadh sa pheinnsean ri linn atmhorachd, suimeannan a chuir an neach-obrach ris (a' għabail a-staigh luach shochairean sam bith a chaidh a għluasad bho sgeama peinnsein no rēiteachadh eile) agus bidh e a' cleachdad bħuaidhean coitcheann a' mhargaidh air luachadh airson toiseach agus deireadh na h-ùine.

Aithisg air Luchd-obrach

Cosgaisean is Àireamhan Luchd-obrach

	Luchd-obrach maireannac	Buill Bùird	Eile	Iomlan 2018-19	Iomlan 2017-18
	£000	£000	£000	£000	£000
Tuarastalan	365	54	-	419	280
Cosgaisean shochairean sòisealta	34	2	-	36	25
Cosgaisean peinnsein eile	81	-	-	81	47
Fo-fhastadh thugainn agus luchd-obrach bhuidhnean-cosnaidh	-	-	22	22	56
IOMLAN	480	56	22	558	408

Àireamh de Luchd-obrach gu cuibheasach

Àireamh chuibheasach de dhaoine ionann is làn-ùine (FTE) air am fastadh rè na bliadhna:

	Àireamh 2018-19
Àrd-stiùireadh	3
Taic Phroifeiseanta, Stiùireadh agus Rianachd	8
IOMLAN	11

Tha àrd-stiùireadh a' ciallachadh buill na Sgioba Stiùiridh.

Mar a bha e air 31 Màrt 2019, bha 77 sa cheud de luchd-obrach air cunnraidhean maireannach.

B' e sin 10 luchd-obrach maireannach agus triùir neach-obrach air cunnradh teirm-shuidhichte.

Cha tug an Coimisean ìocadh gu luchd-comhairle agus cha robh rianan airson luchd-obrach bhàrr an ròla-pàighidh rè 2018-19 (2017-18: £66k luchd-comhairle agus neoni airson rianan bhàrr an ròla-pàighidh).

Nòta air Gnè

	Fireannaich 31 Màrt 2019	Boireannaich 31 Màrt 2019	Fireannaich 31 Màrt 2018	Boireannaich 31 Màrt 2018
Coimiseanairean	4	2	4	2
Ceannard	1	-	1	-
Luchd-obrach	2	11	1	8

Tha an àireamh de luchd-obrach a' gabhail a-steach luchd-obrach pàirt-ùine.

Tha na figearan shuas a' sealltainn nan àireamhan iomlan de luchd-obrach mar a bha iad air 31 Màrt 2019 (a' gabhail a-steach inntearnas bho bhuidheann-cosnaidh), chan ann air stèidh co-ionann is làn-ùine.

Aithisg air locadh is Luchd-obrach

Luchd-obrach dheth tinn

Bha luchd-obrach dheth tinn sa bhliadhna gu 31 Màrt 2019 airson 44.5 làithean, sin 1.6 sa cheud de na làithean a dh'fhaodadh luchd-obrach a bhith ag obair. Tha sin coltach ri gach neach-obrach a bhith dheth tinn 3.4 làithean gu cuibheasach thar na bliadhna.

Pasganan Fàgail

Cha robh pasganan fàgail ann rè 2018-19.

Poileasaidhean air Co-ionannachd Chothroman agus Iomadachd

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' gabhail ri poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba air co-ionannachd chothroman agus iomadachd. Tha am poileasaidh air co-ionannachd chothroman ag ràdh gum bu chòir gum faigheadh an luchd-obrach an aon làimhseachadh, chan eil e gu diofar dè a' ghnè, an inbhe a thaobh pòsaidh, an aois, an cinneadh, an taobhadh feise, an ciorram, an creideamh no feallsanachd, am pàtran obrach, inbhe a thaobh fastaidh, aithneachadh gnè (tar-ghnèitheadh), inbhe màthaireil no athaireil, cùram no ballrachd aonaidh-chiùird a bhiodh aca. Ann an co-rèir ri poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, feumaidh Coimisean Fearainn na h-Alba cur ri iomadachd an luchd-obrach anns a' bhuidhinn. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' gealltainn an luchd-obrach air fad a leasachadh agus a' cur luach gu deimhinneach air farsaingeachd sheallaidhean is eòlais a bheir a h-uile neach dhan obair againn. Tha rùn aig Coimisean Fearainn na h-Alba na dleastanasan aige a libhrigeadh ann am modh a bhrosnaicheas co-ionannachd chothroman, aig a bheil e mar amas cur às do leth-bhreith agus do ghiùlan eile air an do chuir reachdas co-ionannachd toirmreasg.

Aithisg air Cunntachalachd Phàrlamaideach

Call is Suimeannan Sònraichte

Cha robh call no suimeannan sònraichte ann rè na bliadhna 2018-19 (2017-18: neon).

Tìodhlacan agus Tabhartasan air Adhbharan Carthannais

Cha robh tìodhlacan no tabhartasan air adhbharan carthannais rè na bliadhna 2018-19 (2017-18: neon).

Fèicheanasan neo-chosmhail a dh'fhaodadh èirigh

Tha dleastanas air Coimisean Fearainn na h-Alba aithris air fèicheanasan a dh'fhaodadh èirigh far a bheil an coltas, gum bithear a' tar-chur sochair eaonamach mar rèiteachadh, ro neo-chosmhail gu bhith a' coileanadh a' mhìneachaidh air fèicheanasan a dh'fhaodadh èirigh fo IAS37. Chan eil gin a dh'fhèicheanasan neo-chosmhail a dh'fhaodadh èirigh an-dràsta.

Hamish Trench



Ceannard agus Oifigear Cunntachail
3 Sultain 2019

Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich

Aithisg an neach-sgrùdaidh neo-eisimeilich do bhuill Coimisean Fearainn na h-Alba, Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba.

Aithisg air an sgrùdad a rinneadh air na h-aithrisean ionmhasail

Beachd air na h-aithrisean ionmhasail

Tha mi air sgrùdad a dhèanamh air na h-aithrisean ionmhasail ann an aithisg bhliadhna agus cunntasan Coimisean Fearainn na h-Alba airson na bliadhna a chriochnaich air 31 Màrt 2019 fo Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2016. Ann an h-aithrisean ionmhasail, tha Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom, Aithris air an t-Suidheachadh ionmhasail, Aithris air Sruthan Airgid, Aithris air Atharrachaidhean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean agus nòtaichean an cois nan aithrisean ionmhasail, a' gabhail a-steach geàrr-iomradh air na prìomh phoileasaidhean cunntasachd. Gus na h-aithrisean a dheisealachadh, mar fhùram aithriseidh ionmhasail bhathar a' cleachdad an lagha bhuntainnich agus Inbhean Eadar-nàiseanta air Aithriseadh ionmhasail (IFRS), ris an do ghabh an t-Aonadh Eòrpach agus mar a chaidh a chur an cèill agus atharrachadh ann an Leabhar-làimhe an Riaghaltais air Aithriseadh ionmhasail 2018/19 (FReM 2018/19).

Nam bheachd-sa, tha na h-aithrisean ionmhasail an cois seo:

- a' toirt sealladh fior is cothromach de ghnothaichean na buidhne mar a bha iad air 31 Màrt 2019 agus de chaiteachas obrachaidd lom na buidhne airson na bliadhna a chriochnaich an uair sin, agus sin a rèir Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2016 agus stiùiridhean bho Mhinstearan na h-Alba fon sin;
- air an ullachadh gu ceart a rèir IFRS mar a chaidh aontachadh leis an Aonadh Eòrpach, agus mar a chaidh a chur an cèill agus atharrachadh ann an FReM 2018/19; agus
- air an ullachadh a rèir riatanasan Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2016 agus stiùiridhean co-cheangailte ri sin bho Mhinstearan na h-Alba.

Bun-stèidh a' Bheachd

Tha mi air sgrùdad a dhèanamh a rèir an lagha bhuntainnich agus Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta a gheibhean san Rioghachd Aonaichte (ISAs (UK)). Tha tuilleadh mìneachaidh air mo dhleastanasan fo na h-inbhean sin san earrainn

den aithisg agam Dleastanasan an Neach-sgrùdaidh ann a bhith Sgrùdad a chaidh mo chur an dreuchd leis an Àrd-neach-sgrùdaidh air 26 Faoilleach 2018. Chaith mo chur an dreuchd airson ùine gun bhriseadh de aon bhliadhna. Tha mi neo-eisimeileach gun cheangal ris a' bhuidhinn seo a rèir nan riatanasan beusail a bhuiteas ris na sgrùdaidhean a nì mi air aithrisean ionmhasail san RA, a' gabhail a-steach nan Inbhean Beusail do Luchd-sgrùdaidh aig Comhairle airson Aithriseadh ionmhasail, agus tha mi air mo dhleastanasan beusail a choileanadh a rèir nan riatanasan sin. Cha tugadh don bhuidhinn seirbheisean nach buin ri sgrùdad a tha toirmisgte fon Inbhe Bheusail. Tha mi den bheachd gun d' fhuair mi fianais sgrùdaidh gu leòr agus freagarrach gus taic a thoirt don bheachd a ghabh mi.

Co-dhùnaidhean a thaobh nan cunntasan le dùil gun cum a' bhuidheann a' dol

Chan eil dad agam ri aithris mu na cùisean a leanas, air a bheil na h-Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta a gheibhean san Rioghachd Aonaichte (ISAs UK) a' cur dleastanas orm aithris:

- far am biodh cleachdad na dùile gun cum a' bhuidheann a' dol airson aithrisean ionmhasail a dheisealachadh mì-iomchaidh; no
- far nach eil aithrisean ionmhasail na buidhne a' rùn-phàirteachadh mhì-chinntean mòra a dh'fhaodadh teagamh susbainteach a chur air comas na buidhne a bhith a' leantainn air a' cleachdad, mar stèidh cunntaidh, dùil gun cum a' bhuidheann a' dol fad 12 mìosan a dh'fhaid bhon cheann-latha nuair a fhuair na h-aithrisean ionmhasail cead airson foillseachaidh.

Cunnartan de mhì-aithris shusbainteach

Ann an Aithisg Bhliadhnaill air Sgrùdad, a tha air leth agus a tha ri faotainn bho làrach-lìn Sgrùdad Alba, tha mi air aithris air na cunnartan as mothach de mhì-aithris shusbainteach a chomharrach mi agus na co-dhùnaidhean a rinn mi mun deidhinn.

Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail airson nan aithrisean ionmhasail

Mar a chaidh a mhìneachadh ann am barrachd doimhneachd san Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail, tha an t-Oifigear

Cunntachail a' gabhail uallach airson ullachadh nan aithrisean ionmhasail agus feumaidh e a bhith riaraichte gun toir iad sealladh fior is cothromach air cùisean a rèir frèam nan aithrisean ionmhasail, agus tha uallach air cuideachd gus na modhan in-smachd a tha an t-Oifigear Cunntachail a' meas iomchaidh a chur an sàs, a nì cinnteach gun tèid aithrisean ionmhasail ullachadh anns nach eil mi-aithris, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd.

Nuair a tha e ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, tha uallach air an Oifigear Chunntachail airson measadh a dhèanamh air comas na buidhne a chumail a' dol, agus airson rùn-phàirteachadh, mar a bhios e iomchaidh, chûisean co-cheangailte ri cleachdad na dùil gun cum a' bhuidheann a' dol, mura bheil sin iomchaidh.

Dleastanasan an Neach-sgrùdaidh ann a bhith Sgrùdadadh nan Aithrisean Ionmhasail

'S e a tha fa-near dhomh a choileanadh, gum bi dearbhachd reusanta agam nach eil mi-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd, agus aithisg neach-sgrùdaidh fhoillseachadh san toir mi seachad mo bheachd air na h-aithrisean ionmhasail. 'S e a th' ann an dearbhachd reusanta, dearbhachd gu math cinnteach; chan eil sin na ghealltanais, ge-tà, ma tha mi-aithris shusbainteach ann, gun toir sgrùdadadh a thèid a chumail a rèir nan Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) an aire dha sin daonna. Faodaidh mi-aithrisean èirigh bho fhoill no mearachdan agus tha iad air am meas susbainteach ma thathar an dùil gu reusanta gun toir iad, mar mhì-aithris fa leth no mar ghrunn dhiubh còmhla, buaidh air co-dhùnaidhean eaonamach a nì luchd-cleachdaidh stèidhichte air na h-aithrisean ionmhasail seo.

Tha an cunnart nach lorgar mi-aithris shusbainteach a chaidh adhbharachadh le foill nas àirde na tè a chaidh adhbharachadh le mearachd, a chionn 's gum faod foill gabhail a-steach cealg-chòrdadh, dearmadan so-rùnaichte, claoch-chunntasan no tar-àithne shiostaman in-smachd. Tha comas an sgrùdaidh gus foill is neo-riaghailteachdan eile a lorg an eisimeil air factaran leithid sgil a' chiontaiche, tricead agus meud a' bhrath-fhoill, iùre a' chealg-chòrdaidh a bha na lùib, meud nan suimean air leth air an do rinneadh brath-foill, agus iùre nan daoine fa leth a bha an sàs ann. Mar sin,

bidh mi a' dealbhadh agus a' coileanadh modhan sgrùdaidh a tha a' co-fhreagairt ris na cunnartan measraichte de mhì-aithris shusbainteach bho fhoill.

Gheibhear tuairisgeul a bharrachd air dleastanasan an neach-sgrùdaidh airson aithrisean ionmhasail a sgrùdadadh air làrach-lìn Comhairle airson Aithriseadh ionmhasail www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities. Tha an tuairisgeul seo mar phàirt den aithisg-sgrùdaidh agam.

Fiosrachadh eile san aithisg bhliadhnailean agus cunntasan

Tha an t-Oifigear Cunntachail a' gabhail uallach airson an fiosrachaiddh eile san aithisg bhliadhnailean agus cunntasan. 'S e a th' anns an fiosrachadh eile, fiosrachadh nach eil a' nochdadh sna h-aithrisean ionmhasail, a' phàirt sgrùdaichte den Aithisg air lòcadh is Luchd-obrach, agus san aithisg-sgrùdaidh agam air na h-aithrisean ionmhasail sin. Chan eil mo bheachd air na h-aithrisean ionmhasail a' gabhail a-steach an fiosrachaiddh eile agus chan eil mi a' dèanamh co-dhùnadh sam bith a bheireadh dearbhachd a thaobh a leithid a dh'fiosrachadh, ach a-mhàin a thaobh chûisean air am feum mi beachdachadh fo stiùireadh laghail bho Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba mar a tha e air a chur sìos gu soilleir nas fhaide air adhart san aithisg seo.

An lùib mo sgrùdaidh air na h-aithrisean ionmhasail, tha e mar dhleastanas orm am fiosrachadh ionmhasail agus neo-ionmhasail uile san aithisg bhliadhnailean agus cunntasan a leughadh, feuch an robh nithean susbainteach san fiosrachadh sin nach robh a' dol leis na h-aithrisean ionmhasail sgrùdaichte agus gus fiosrachadh sam bith a chomharrachadh far a bheil coltas ann gu bheil fiosrachadh ann a tha ceàrr, stèidhichte air an eòlas a fhuair mi bho bhith a' dèanamh an sgrùdaidh, no fiosrachadh nach eil ag aontachadh gu susbainteach ris an eòlas sin. Ma chomharracheas mi neo-chunbalachd shusbainteach mar sin no aithrisean a tha, a rèir coltais ceàrr gu susbainteach, feumaidh mi co-dhùnadh a bheil mi-aithris shusbainteach anns na h-aithrisean ionmhasi no mi-aithris shusbainteach den fiosrachadh eile. Ma thig mi chun a' cho-dhùnaidh, stèidhichte air an obair a rinn mi, gu bheil mi-aithris shusbainteach den fiosrachadh eile seo, tha e mar fhiachaibh orm a bhith ag aithris na cùise sin. Chan eil dad agam ri aithris a thaobh seo.

Aithisg an Neach-sgrùdaidh

Neo-eisimeilich

Aithris air cho cunbalach 's a bha am fiosrachadh air caiteachas is teachd-a-steach

Beachd air cunbalachd

Nam bheachd-sa bha, anns gach dòigh shusbaiteach, an caiteachas agus an teachd-a-steach uile a chithear sna h-aithrisean ionmhasail air an giùlain no air an cur an sàs a rèir chumhachan is stiùridhean iomchaidh sam bith a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba.

Dleastanasan airson cunbalachd

Tha dleastanas air an Oifigear Chunntachail a dhèanamh cinnteach gu bheil cunbalachd ga cur an sàs a thaobh caiteachas is teachd-a-steach na buidhne agus nan aithrisean orra. Tha e an urra rium beachd a ghabhail air cho cunbalachd 's a tha an caiteachas agus teachd-a-steach mar a tha iad air an aithris, ann an co-rèir ri Achd an Ionmhas Phoblaich agus na Cunntachalachd (Alba) 2000.

Aithris air riatanasan eile

Beachd air cùisean eile a tha fo òrdugh Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba

Nam bheachd-sa, chaidh a' phàirt den Aithisg air ìocadh is Luchd-obrach a bhios ga sgrùdadadh ullachadh gu ceart a rèir Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2016 agus stiùridhean a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fon Achd.

Nam bheachd-sa, stèidhichte air an obair a rinn mi san sgrùdadadh:

- tha am fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad san Aithisg Coileanaidh airson na bliadhna ionmhais dha bheilear a' deasachadh nan aithrisean ionmhasail ann an co-rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus chaidh an aithisg sin ullachadh a rèir Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2016 agus stiùridhean a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fon Achd; agus
- tha am fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad san Aithris air Riaghlaigh airson na bliadhna ionmhais dha bheilear a' deasachadh nan aithrisean ionmhasail ann an co-rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus chaidh an aithisg sin ullachadh a rèir Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2016 agus stiùridhean a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fon Achd.

Cùisean air am feum mi aithris a dhèanamh mura tachair iad

Tha dleastanas orm, le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba, aithris a dhèanamh dhuibh ma tha mi den bheachd:

- nach deach clàran cunntasachd iomchaidh a chumail; no
- nach eil na h-aithrisean ionmhasail agus a' phàirt den Aithisg air ìocadh is Luchd-obrach a bhios ga sgrùdadadh ag aontachadh leis na clàran cunntasachd; no
- nach d' fhuair mi am fiosrachadh is na mìneachaidhean uile a dh'fheumas mi airson an sgrùdaidh.

Chan eil dad agam ri aithris mu na cùisean seo.

Co-dhùnaidhean air uallaichean a thaobh an raoin-obrach nas fharsainge

A bharrachd air na h-uallaichean a tha orm airson na h-aithisg is cunntasan bliadhnaile, tha na co-dhùnaidhean a rinn mi air na h-uallaichean a thaobh an raoin-obrach nas fharsainge, mar a chaidh a shònachadh ann an Còd air Cleachdadadh Sgrùdaidh, air an cur an cùill anns an Aithisg Bhliadhnaile air Sgrùdadadh.

A' cleachdadadh na h-aithisge agam

Rinneadh an aithisg seo a-mhàin airson nam pàrtaidhean ris a bheilear a' cur aghaidh ann an co-rèir ri Achd Ionmhas Poblach agus Cunntachalachd (Alba) 2000 agus chan ann airson adhbhar sam bith eile. Ann an co-rèir ri paragraf 120 den Chòd air Cleachdadadh Sgrùdaidh, chan eil mi a' gabhail os làimh a bhith fo uallach bhall no oifigearan, nan dreuchdan fa leth, no fo uallach treas-phàrtaidhean.

Maggie Bruce

Maggie Bruce
Àrd-mhanaidsear Sgrùdaidh
Sgrùdadadh Alba, Rùm F03, Ciad Ùrlar
Pàirc Ghnothachais Beechwood a Tuath
Inbhir Nis, IV2 3BL

Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom

Airson na bliadhna a chriochnaich air 31 Màrt 2019:

	Nòta	2019 £000	2018 £000
Cosgaisean Luchd-obrach	2	576	408
Caiteachas Obrachaidd Eile	3	705	497
Caiteachas Obrachaidd Iomlan		1,281	905
Caiteachas Obrachaidd Lom		1,281	905

Tha na nòtaichean air duilleagan 43 gu 50 mar phàirt de na cunntasan seo.

Aithrisean ionmhasail

Aithris air Suidheachadh ionmhasail

Mar a bha e air 31 Màrt 2019:

	Nòta	2019 £000	2018 £000
So-mhaoinean neo-làithreach			
Airgead is nithean co-ionann	4	6	-
So-mhaoinean làithreach			
Malairt is nithean eile a gheibhear	5	16	-
Airgead is nithean co-ionann	6	120	133
So-mhaoinean làithreach iomlan		136	133
Fèicheanasan Làithreach			
Malairt is nithean eile a phàighear	7	(98)	(123)
Thoir fèicheanasan làithreach air falbh bho na so-mhaoinean làithreach		38	10
Thoir fèicheanasan iomlan air falbh bho na so-mhaoinean làithreach		44	10
Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean			
Cùl-stòr Coitcheann		44	10

Thug an t-Oifigear Cunntachail aonta seachad airson foillseachadh nan aithrisean ionmhasail seo air 3 Sultain 2019.

Tha na cunntasan seo a' dèiligeadh ri tachartasan a-mhàin gu ruige a' cheann-latha nuair a chaidh aonta a thoir seachad airson foillseachadh.

Tha na nòtaichean air duilleagan 43 gu 50 mar phàirt de na cunntasan seo.

Hamish Trench



Ceannard agus Oifigear Cunntachail
3 Sultain 2019

Aithris air Sruthan Airgid

Airson na bliadhna a chriochnaich air 31 Màrt 2019:

	Nòta	2019 £000	2018 £000
Sruthan airgid bho ghniomhan obrachaidh			
Caiteachas Obrachaidh Lom		(1,281)	(905)
Cìs airson ìsleachadh luach	4	1	-
		(1,280)	(905)
Gluasad an ann an calpa obrach			
Àrdachadh/(ìsleachadh) air malairt is nithean eile a phàighear	7	(25)	123
(Àrdachadh)/ìsleachadh air malairt is nithean eile a gheibhear	5	(16)	-
		(41)	123
Sruth-airgid iomlan bho ghniomhachdan obrachaidh		(1,321)	(782)
Gníomhachdan maoineachaidh			
Tabhartas gus Cuideachadh		1,315	915
Sruth-airgid lom bho ghniomhachdan obrachaidh		1,315	915
Gníomhachdan airgid-tasgaidh			
Seilbh, uidheam is acfhainn air an ceannach	4	(7)	-
Sruth-airgid lom air a chleachdad ann an gníomhachdan airgid-tasgaidh		(7)	-
(Lùghdachadh)/meudachadh lom ann an airgead is suimeannan co-ionann ri airgead		(13)	133
Airgead is suimeannan co-ionann aig toiseach na bliadhna	6	133	-
Airgead is suimeannan co-ionann aig deireadh na bliadhna	6	120	133

Tha na nòtaichean air duilleagan 43 gu 50 mar phàirt de na cunntasan seo.

Aithrisean Ionmhasail

Aithris air Atharrachaidhean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean

Airson na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2019:

Cùl-stòr Coitcheann	£000
Cothromachadh air 1 Giblean 2017	-
Aig deireadh na bliadhna 31 Màrt 2018:	
Tabhartas gus Cuideachadh	915
Caiteachas Uile-chùiseach Lom airson na bliadhna	(905)
Cothromachadh air 31 Màrt 2018	10
Aig deireadh na bliadhna 31 Màrt 2019:	
Tabhartas gus Cuideachadh	1,315
Caiteachas Uile-chùiseach Lom airson na bliadhna	(1,281)
Cothromachadh air 31 Màrt 2019	44

Tha na nòtaichean air duilleagan 43 gu 50 mar phàirt de na cunntasan seo.

Nòtaichean an cois nan Cunntasan

1 Aithris air poileasaidhean cunntasachd

Chaidh na h-aithrisean ionmhais ullachadh a rèir Leabhar-làimhe an Riaghaltais air Aithriseadh Ionmhasail 2018-19 (FReM), a dh'fhoillsicheadh le Roinn Ionmhais na Banrigh, agus a rèir an Stiùridh air Cunntasan (duilleag 51) a dh'fhoillsicheadh le Ministearan na h-Alba.

Tha an Leabhar-làimhe (FreM) a' cur an cèill cruth nan cunntasan bliadhnaile. Tha Tabhartas gus Cuideachadh ga thoirt a-steach sa Chùl-stòr Choitcheann anns an Aithris air Atharrachaidhean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean seach anns an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom. Tha an caiteachas is an teachd-a-steach eile gu lèir ga thoirt anns an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom.

Tha na cleachdайдhean cunntasachd san Leabhar-làimhe (FreM) a' cur an gnòmh Inbhean Eadar-nàiseanta air Aithriseadh Ionmhasail (IFRS), mar a chaidh an atharrachadh no am mìneachadh do shuidheachadh an raoin phoblaich.

Far a bheil an Leabhar-làimhe (FreM) a' ceadachadh roghainn a thaobh poileasaidh cunntasachd, thathar a' taghadh a' phoileasaidh a b' fheàrr nar beachd mar am fear as freagarraiche do shuidheachadh sònraichte Coimisean Fearainn na h-Alba gus sealladh a thoirt a tha fior is ceart.

Tha na poileasaidhean sònraichte a ghabh Coimisean Fearainn na h-Alba air am mìneachadh gu h-iseal. Chaidh an cur an gnòmh gu seasmhach ann a bhith a' dèligeadh ri nithean a bhuineas, nar beachd, ris na cunntasan.

Chaidh na h-aithrisean ionmhais anns an aithisg seo ullachadh le dùil gun cùm a' bhuidheann a' dol, oir tha an t-Oifigear Cunntachail den bheachd gu bheil gu leòr ghoireasan aig Coimisean Fearainn na h-Alba gus cumail ag obrachadh cho fad 's a chithear air adhart.

1.1 Am Modh Cunntasachd

Chaidh na cunntasan seo ullachadh a rèir modh na cosgais eachdraidheil, air atharrachadh gus cunntas a thoirt air an ath-luachadh air seilbh, uidheam is acfhainn agus air so-mhaoin do-bheantainn. Thathar ag ath-sgrùdadhbh luachan iarmadach gach bliadhna, air chor 's gum bi iad a' nochdadhbh anns an Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail aig luach cothromach.

1.2 So-mhaoin do-bheantainn

Thathar ag aithneachadh caiteachas co-cheangailte ri bathar-bog teicneòlas fiosrachaidd agus ri leasachaidhean bathair-bhog ma tha an so-mhaoin a' cosg co-dhiù £5,000 no ma thathar ga mheas mar phàirt de pasgan so-mhaoinean a tha uile ceangailte ri chèile le cosg nas mothà na £5,000. Chan eilear ag aithneachadh cosgaisean stiùireadh phròiseactan coitcheann airson bathar-bog. Tha so-mhaoinean uile air an clàradh aig cosgais agus thathar ag ath-sgrùdadhbh beatha fheumail mheasraichte is luach iarmadach measraichte nan so-mhaoinean gach bliadhna ann an co-rèir ris a' phoileasaidh air rianachd so-mhaoinean. Chan eil so-mhaoinean do-bheantainn sam bith aig Coimisean Fearainn na h-Alba a dh'fheumar aithneachadh taobh a-staigh na bliadhna ionmhasail seo.

1.3 Seilbh, uidheam is acfhainn

Thathar ag aithneachadh caiteachais air ath-uidheamachadh oifise, àirneis is goireasan oifise, uidheaman-oifise, agus uidheaman is bun-structar teicneòlas fiosrachaidd ma tha an so-mhaoin luach co-dhiù £5,000. Thathar ag aithneachadh so-mhaoinean fa leth a chosg nas lugha na £5,000 mar phàirt de phasgan ma tha a' chosgais iomlan nas mothà na £5,000. Chan eilear ag aithneachadh cosgaisean stiùireadh phròiseactan coitcheann airson teicneòlas fiosrachadh. Thathar a' clàradh nan so-mhaoinean aig cosgais agus thathar ag ath-sgrùdadhbh beatha fheumail mheasraichte is luach iarmadach measraichte nan so-mhaoinean gach bliadhna ann an co-rèir ris a' phoileasaidh air rianachd so-mhaoinean.

Aithrisean lonmhasail

1.4 Ìsleachadh luach

Thèid ìsleachadh-luach/luach-chrònadh a dhèanamh air so-mhaoinean a tha air an aithneachadh mar chalpa air stèidh na cosgais eachdraidheil, mar ann an loidhne dhìreach, mar a leanas.

Seilbh, uidheam is acfhainn:

Àirneis is goireasan oifise:

- Ath-uidheamachadh oifise 10 bliadhna
- Àirneis 10 bliadhna
- Uidheaman-oifise 5 bliadhna

Teicneòlas fiosrachaiddh:

- Uidheaman teicneòlas fiosrachaiddh 3 bliadhna
- Bun-structar teicneòlas fiosrachaiddh 3 bliadhna

So-mhaoinean do-bheantainn:

- Ceadan bathair-bhog 3 bliadhna
- Bathar-bog agus làrach-lìn a chaidh a leasachadh 3 bliadhna

Thathar a' cur às na cunntasan ath-uidheamachadh is àirneis oifise thairis air beatha iarmadach na gabhalach (ceann-latha a' chìad bhriseadh anns a' ghabhail) ma tha sin fo 10 bliadhna. Thathar a' cur às na cunntasan bathar-bog teicneòlas fiosrachaiddh, a' gabhail a-steach bathar-bog a chaidh a leasachadh, thairis air a' bheatha ris a bheil dùil ma tha sin nas lughna na trì bliadhna. Thathar ag ath-sgrùdadh na beatha feumail measraichte agus nan luachan iarmadach gach bliadhna.

1.5 Cìs Luach a Bharrachd

Tha VAT nach fhaighear air ais ga chur ris na cosgaisean buntainneach agus ga chur mar chìs ris an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom san ùine san do dh'èirich e.

1.6 Buannachdan Luchd-obrach

Tha tuarastalan is pàighidhean ceangailte ri fastadh gan aithnicheadh anns a' bhliadhna sam faighear an t-seirbheis bho luchd-obrach. Aithnichear na chosgas làithean-saora bliadhnoil agus an airidheachd a gheibhear le bhith ag obair uairean sùbailte a thathar a' cosnadh gun a bhith gan gabhail le luchd-obrach aig deireadh na bliadhna chun na h-ìre gu bheil cead aig luchd-obrach fòrladh a thoirt air adhart a-steach don bhliadhna an dèidh làimhe. Thathar ag aithneachadh fèicheanas agus cosgais gach cuid airson fòrladh a fhuaireadh ach nach deach a chleachdad agus airson nam balansan fòrlaidh mar bha iad air 31 Màrt a tha acasan aig a bheil uairean sùbailte, ann an co-rèir ris a' phoileasaидh air a chùlaibh. Tha na cosgaisean seo a' nochdadh anns an Aithisg air locadh is Luchd-obrach.

1.7 Cosgaisean Pheinnseanan

Buinidh na cosgaisean pheinnseanan, a tha gan ainmeachadh ann an cunntasan Coimisean Fearainn na h-Alba, ris an ùine sam faigh an Coimisean buannachd bho sheirbheisean an neach-obrach. Tha seo a' gabhail a-steach suimeannan gan còmhach leis na h-ullachaidhean ann am Prìomh Sgeama Peinnsein na Seirbheis Catharra (PCSPS), sgeama shochairean socraichte, a tha gam pàigheadh le Riaghaltas na h-Alba don sgeama PCSPS a rèir nuair a tha suimeannan gan clàradh. Chan urrainn don Choimisean aithneachadh dè an roinn a bhiodh aige de na so-mhaoinean is fèicheanasan air cùl chùisean, agus mar sin tha am fèicheanas gus shochairean a phàigheadh anns an ùine ri teachd na chìs air PCSPS, a bhios ag ullachadh a aithrisean-sgeama fhèin.

1.8 Nithean a Gheibhear ann am Malairt

Tha a h-uile suim shusbainteach a bha ri pàigheadh aig 31 Màrt 2019 ga toirt a-steach anns an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom; chan eil e gu diofar cuin a fhuaireadh na pàighidhean fhèin.

1.9 Nithean ri Phàigheadh ann am Malairt

Tha a h-uile suim shusbainteach a bha ri pàigheadh aig 31 Màrt 2019 ga toirt a-steach anns an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom; chan eil e gu diofar cuin a rinneadh na pàighidhean fhèin.

1.10 Airgead agus Suimeannan co-ionann ri airgead

Anns an aithris air an t-suidheachadh ionmhasail, tha airgead agus suimeannan co-ionann ri airgead a' gabhail a-steach airgead a tha sa bhanca agus airgead ri làimh.

1.11 Tabhartas gus Cuideachadh

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' faighinn Tabhartais gus Cuideachadh gus an caiteachas lom aige a mhaoineachadh. Tha Tabhartas gus Cuideachadh ga chur mar chreideas ris a' Chùl-stor Choitcheann san ùine san d'fhuaireadh e. Tha cosgais lom Coimisean Fearainn na h-Alba ga chur mar chìs air a' mhaoin seo.

1.12 Gabhail ri Inbhean Ùra is Ùraichte

Air a' cheann-latha a fhuair na h-aithrisean ionmhais seo aonta, bha na cùisean a leanas ann, a tha co-cheangailte ri Inbhean Cunntaidh ach nach robh ann an èifeachd, airson Coimisean Fearainn na h-Alba:

- IFRS 16 Gabhalaichean – ann an èifeachd airson amannan cunntasachd air no an dèidh 1 Faoilleach 2020. Tha an inbhe seo a' mìneachadh mar a bhios fiosrachadh air gabhalaichean air aithneachadh, air a mheasadh agus air a rùn-phàirteachadh. Gheibhearr mion-fiosrachadh air mar a bhios seo ga chur an sàs agus a rùn-phàirteachadh ann am FreM, agus nithean measadh iomlan aig an àm sin.

1.13 Breithean Cudromach air Cunntasachd agus Prìomh Fhreumhan co-cheangailte ri Tuairmsean

Ann an cur an sàs poileasaidhean cunntasachd Coimisean Fearainn na h-Alba air a bheil iomradh ann an Nòta 1, feumaidh an t-Oifigear Cunntachail breithean, measaidhean agus ro-bheachdan a dhèanamh mun ire de so-mhaoinean is fèicheanasan bho fhreumhan eile nach eil follaiseach sa bhad bho thùsan eile. Tha na measaidhean agus na ro-bheachdan nan lùib stèidhichte air fiosrachadh eachdraidheil agus nithean eile a thathar a' meas buntainneach. Faodaidh na toraidhean fhèin a bhiith diofraichte bho na measaidhean seo. Tha na measaidhean agus na ro-bheachdan nan lùib gan ath-bhreithneachadh gu leanmhainneach.

Tha atharrachaidhean air measaidhean cunntasachd gan aithneachadh anns an ùine nuair a nithean ath-bhreithneachadh air a' mheasadh, ma bhios an t-atharrachadh a' bualadh air an ùine sin a-mhàin, no ann an àm an ath-bhreithneachaidh agus san ùine air thoiseach ma bhios an t-ath-bhreithneachadh a' bualadh air an ùine an-dràsta agus air thoiseach le chèile. Feumaidh an t-Oifigear Cunntachail breithean, measaidhean agus ro-bheachdan a dhèanamh a thaobh obair fo làimh aig ceann na bliadhna. Tha na measaidhean is ro-bheachdan co-cheangailte riutha air an stèidheachadh air gnàth-eòlas eachdraidheil agus air aithrisean air obair gu ruige seo. Ach a-mhàin na dh'ainmicheadh shuas, chan eil an t-Oifigear Cunntachail den bheachd gu bheil breith cudromach ann, no freumhan co-cheangailte ri mi-chinnt air measadh, a dh'fheumar nochdadh seach na poileasaidhean gu h-àrd a chur an gìnömh.

1.14 Gabhalaichean

Far a bheil a' chuid as mothà de na cunnartan is duaisean co-cheangailte ri sealbhadaireachd a' fantainn ris an neach-gabhail-màil, tha gabhalaichean air an comharrachadh mar ghabhalaichean obrachaiddh. Thathar ag aithneachadh phàighidhean airson ghabhalaichean obrachaiddh anns an aithris air caiteachas uile-chùiseach lom air stèidh loidhne dhìreach thairis air ùine na gabhalach.

Aithrisean Iomhasail

2 Cosgaisean Luchd-obrach

	Luchd-obrach maireannach	Buill a' Bhùird	Eile	Iomlan 2018-19	Iomlan 2017-18
	£000	£000	£000	£000	£000
Tuarastalan	383	54	-	437	280
Cosgaisean shochairean sòisealta	34	2	-	36	25
Cosgaisean peinnsein eile	81	-	-	81	47
Fo-fhastadh thugainn agus luchd-obrach bhuidhnean-cosnaidh	-	-	22	22	56
IOMLAN	498	56	22	576	408

3 Caiteachas Obrachaidd Eile

	2019	2018
	£000	£000
Cosgaisean àite-còmhnaidh	34	34
Rannsachadh is Poileasaidh	337	156
Cìsean luchd-comhairle	-	66
Siostam fiosrachaidd is tele-chonaltradh	18	18
Trèanadh	15	17
Coinneamhan poblach agus cosgaisean cho-labhairtean	11	27
Siubhal is cosgaisean bith-beò – Coimiseanairean	19	24
Siubhal is cosgaisean bith-beò – luchd-obrach	32	23
Gníomhachd conaltraidh	82	29
Goireasan daonna – seirbheisean co-roinnté	13	12
Teicneòlas fiosrachaidd	51	5
Cosgaisean laghail is proifeiseanta	20	18
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh taobh a-muigh	25	25
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh taobh a-staigh	19	23
Cosgaisean ruithe eile	28	20
Ìsleachadh luach	1	-
Iomlan airson caiteachas obrachaidd eile	705	497

4 Seilbh, uidheam is acfhainn

Teicneòlas fiosrachaidh:

Cosgais	£000
Aig 1 Giblean 2018	-
Na chaidh a chur ris	7
Aig 31 Màrt 2019	7
Ìsleachadh luach agus damaiste	
Aig 1 Giblean 2018	-
Ìsleachadh luach air a chur ris rè na bliadhna	1
Aig 31 Màrt 2019	1
Luach air a chur mar fhiacham	
Aig 31 Màrt 2019	6
Aig 31 Màrt 2018	-

5 Malairt is nithean eile a gheibhear

	2019	2018
Suimeannan a tha rim pàigheadh taobh a-staigh bliadhna:	£000	£000
Nithean eile a gheibhear ann am malairt	1	-
Ro-phàighidhean agus teachd-a-steach tàrmachte	15	-
IOMLAN	16	-

Aithrisean Ionmhasail

6 Airgead is suimeannan co-ionann ri airgead

	£000
Cothromachadh aig 1 Giblean 2018	133
An t-atharrachadh lom ann an suimeannan airgid is suimeannan co-ionann ri airgead	13
Cothromachadh aig 31 Màrt 2019	120
B' iad na suimeannan a leanas a bh'againn air 31 Màrt le Seirbheis Banca an Riaghaltais agus mar airgead ri làimh.	120
Cothromachadh aig 31 Màrt 2019	120

7 Malairt is nithean eile a phàighear

	2019	2018
	£000	£000
Nithean Cruinnichte	98	113
Cìsean eile is sochairean sòisealta	-	10
IOMLAN	98	123

8 Geallaidhean fo chùmhnantan eile nach gabh a chur às

Chithear anns a' chlàr shìos suim nam pàighidhean a nithean, mar iòs-mheud, san àm ri teachd fo chùmhnantan a ghabhadh os làimh ro 31 Màrt 2019 airson gach fear de na h-ùineachan a leanas. Tha fèicheanasan fo na cumhnantan seo bho 31 Màrt 2019 a' gabhail a-steach:

	2019	2018
	£000	£000
Pròiseactan		
Gun a bhith nas fhaide na aon bhliadhna	78	48
Nas fhaide na aon bhliadhna agus gun a bhith nas fhaide na còig bliadhna	9	-
Nas fhaide na còig bliadhna	-	-

9 Tar-ghniomhan le pàrtaidhean ceangailte

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba na Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus tha e a' meas gu bheil na buidhnean a leanas nam pàrtaidhean ceangailte:

Bha tar-ghniomhan nach bu bheag eadar Buidheann-stiùiridh na h-Àrainneachd is Coilltearachd aig Riaghaltas na h-Alba (an Roinn Sponsair againn) agus Coimisean Fearainn na h-Alba rè na bliadhna. Bha tar-ghniomhan ionmhais leis a' Bhuidheann-stiùiridh air a déanamh suas de Thabhartas-gus-Cuideachadh, mar a thathar a' nochdadh anns an Aithris air Atharrachaidhean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean. A bharrachd air sin, chaidh suim nach bu bheag a phàigheadh ri Riaghaltas na h-Alba airson solarachadh àite-fuirich, teicneòlas fiosrachaidh agus airson seirbheisean neach-obrach a bha air iasad.

Tha Ùghdarris Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh cuideachd na Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) air a sponsaireadh le Riaghaltas na h-Alba. Chaidh seirbheisean airson goireasan daonna agus ròla-pàighidh a sholarachadh leis an Ùghdarris don Choimisean rè na bliadhna.

Rè na bliadhna, cha do rinneadh tar-ghniomhan le pàrtaidhean ceangailte le buill a' Choimisein no le prìomh luchd-obrach stiùiridh.

10 Ionnsramaidean lonmhasail

Ri linn an t-seòrsa obrach a tha aig Coimisean Fearainn na h-Alba agus an dòigh sa bheilear a' maoineachadh roinnean an Riaghaltais, cha robh an aon ìre de chunnart ionmhasail ann do Choimisean Fearainn na h-Alba 's a bhiodh do buidhnean gnothachais. Chan eil iasadan aig Coimisean Fearainn na h-Alba, agus tha earbsa aige air tabhartasan bho Riaghaltas na h-Alba airson nan riatanasan airgid aige. Mar sin, chan eil cunnart mòr ann gum bi gainead airgid aig Coimisean Fearainn na h-Alba. Chan eil eàrlais shusbainteach aige, agus tha na so-mhaoinean is fèicheanasan uile aige air an cumail ann an sterling agus, mar sin, chan eil ìre an rèidh no ìre an ruith-airgid nan cunnart dha.

Thathar ag aithneachadh so-mhaoinean ionmhasail air an Aithris air Suidheachadh lonmhasail nuair a thig Coimisean Fearainn na h-Alba gu bhith na phàrtaidh do chumhachan cunnradail na h-ionnsramaид ionmhasail no, airson nithean a gheibhear ann am malairt, nuair a tha na nithean no seirbheisean air an libhrigeadh. Tha so-mhaoinean ionmhasail air an dì-aithneachadh nuair a tha na càraichean cunnradail gan cur às no nuair a chaidh an so-mhaoin a thar-chur. Chan eil so-mhaoinean eile seach nithean a gheibhear ann am malairt aig Coimisean Fearainn na h-Alba. Chan eil riadh air nithean a gheibhear ann am malairt agus tha iad a' nochdadh aig an luach ainmeach, an dèidh solar airson damaiste fhàgail às.

Thathar ag aithneachadh fhèicheanasan ionmhasail anns an Aithris air Suidheachadh lonmhasail nuair a thig Coimisean Fearainn na h-Alba gu bhith na phàrtaidh do chumhachan cunnradail na h-ionnsramaид ionmhasail no, airson nithean ri phàigheadh ann am malairt, nuair a gheibhear na nithean no seirbheisean. Tha fèicheanasan ionmhasail air an dì-aithneachadh nuair a tha am fèicheanas air a choileanadh, is e sin, nuair a tha am fèicheanas air a phàigheadh no air a chur às. Chan eil fèicheanasan eile seach nithean ri phàigheadh ann am malairt aig Coimisean Fearainn na h-Alba. Chan eil riadh air nithean ri phàigheadh ann am malairt, agus tha iad a' nochdadh aig an luach ainmeach.

Aithrisean ionmhasail

11 Gealltanasan fo ghabhalaichean

Tha an t-iomlan airson phàighidhean gabhalach san àm ri teachd ri fhaicinn sa chlàr gu h-ìosal airson gach fear de na h-amannan obrachaiddh. Tha fèicheanasan fo ghabhalaichean obrachaiddh bho 31 Màrt 2019 air an dèanamh suas de:

Togalaichean	2019 £000	2018 £000
Gun a bhith nas fhaide na aon bhliadhna	36	34
Nas fhaide na aon bhliadhna agus gun a bhith nas fhaide na còig bliadhna	36	34
Nas fhaide na còig bliadhna	-	-

Tha gabhail aig Coimisean Fearainn na h-Alba air Taigh Longman gu ruige Màrt 2021.

12 Tachartasan an dèidh làimhe

Chan eil na h-aithrisean ionmhais is nòtaichean a' dèiligeadh ri tachartasan a' gabhail àite an dèidh a' cheann-latha nuair a chaidh aonta a thoirt seachad airson foillseachadh. Far an robh tachartasan a' gabhail àite ron latha seo a' toirt fiosrachaiddh mu dheidhinn chùisean mar a bha iad air 31 Màrt 2019, chaidh na figearan anns na h-aithrisean ionmhais agus nòtaichean atharrachadh anns gach seagh bunaiteach gus buaidh an fiosrachaiddh seo a shealltainn.



STIÙIREADH GU COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA BHO MHINISTEARAN NA H-ALBA

1. Tha Ministearan na h-Alba, ann an co-rèir ri Earrann 19 de dh'Achd Ath-leasachaidh an Fhearainn (Alba) 2016, a' toirt seachad le seo an stiùireadh a leanas.
2. Biodh an aithris chunntasan airson na bliadhna ionmhasail a thàinig gu crich air 31 Màrt 2018, agus airson nam bliadhnaichean leantainneach, a' gèilleadh ris na prionnsabalan cunntaidh agus feumalachdan rùn-phàirteachaidh anns an eagan de Leabhar-làimhe an Riaghaltais air Aithriseadh Ionmhasail (FreM) a tha an gnìomh airson na bliadhna ris an deach an aithris chunntasan a dheisealachadh.
3. Biodh na cunntasan air an deisealachadh air chor 's gun toir iad sealladh fior agus cothromach den teachd-a-steach is caiteachas is sruthan-airgid airson na bliadhna ionmhasail, agus de chor a' ghnothaich mar a bha e air ceann na bliadhna ionmhasail.
4. Biodh an stiùireadh seo air mhac-samhlachadh mar eàrr-ràdh ris an aithris chunntasan.

10 Cèitean 2018



SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

Cuir fios thugainn

Coimisean Fearainn na h-Alba

Taigh Longman
28 Rathad Longman
Inbhir Nis
IV1 1SF

@ info@landcommission.gov.scot

01463 423 300

www.landcommission.gov.scot

Lorg sinn air:

